



SABHAL
MÒR OSTAIG

Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig

Plana Gàidhlig 2017-2022

Air ullachadh fo Earrann 3, Achd na Gàidhlig (Alba) 2005

Clàr-innse

Facal-toisich

Structar a' phlana

1 Ro-ràdh

- 1.1 Gàidhlig ann an Alba agus ann an Slèite
- 1.2 Eachdraidh Shabhal Mòr Ostaig
- 1.3 Poileasaidh cànan Shabhal Mòr Ostaig
- 1.4 Co-chomhairle phoblach

2 Dleastanasan Bunaitich

2.1 Aithne

- 2.1.1 Aithne chorpóra
- 2.1.2 Soidhnichean

2.2 Conaltradh

- 2.2.1 Conaltradh pearsanta
- 2.2.2 Fàilteachas
- 2.2.3 Fòn
- 2.2.4 Conaltradh sgrìobhte
- 2.2.5 Foirmichean
- 2.2.6 Modhan gearain

2.3 Luchd-obrach

- 2.3.1 Trèanadh
- 2.3.2 Ionnsachadh cànan
- 2.3.3 Ceannas
- 2.3.4 Fastadh
- 2.3.5 Sanasachd

2.4 Foillseachaidhean

- 2.4.1 Dàimh phoblach agus na meadhanan
- 2.4.2 Stuth clò-bhuailte
- 2.4.3 Làrach-lìn



- 2.4.4 Clò Ostaig
- 2.5 Luchd-tadhail
 - 2.5.1 Cùrsaichean goirid
 - 2.5.2 Co-labhairtean
 - 2.5.3 Taisbeanaidhean ealaine
- 2.6 Dealbhadh cànan
 - 2.6.1 Leasachaidhean
 - 2.6.2 An saoghal a-muigh
 - 2.6.3 Stiùireadh air dealbhadh cànan
 - 2.6.4 Buidhnean co-cheangailte ri Sabhal Mòr Ostaig
 - 2.6.5 Rannsachadh

3 A' cuideachadh ri bhith a' cur Plana Nàiseanta na Gàidhlig an gnìomh

- 3.1 Ionnsachadh cànan
 - 3.1.1 Dachaigh
 - 3.1.2 Foghlam
 - 3.1.3 Foghlam inbheach
- 3.2 Cleachdadh Cànan
 - 3.2.1 Anns a' Choimhearsnachd
 - 3.2.2 Anns an àite-obrach
 - 3.2.3 Anns na meadhanan
 - 3.2.4 Anns na h-ealainean
 - 3.2.5 Ann an turasachd, dualchas is cur-seachadan
- 3.3 Inbhe Cànan
 - 3.3.1 Ìomhaigh bhrosnachail
 - 3.3.2 Faicsinneachd na Gàidhlig
 - 3.3.3 Ag ullachadh phlanaichean Gàidhlig
- 3.4 Corpas Cànan
 - 3.4.1 Cur ri meud corpas na Gàidhlig
 - 3.4.2 Leasachadh buntainneachd is cunbhalachd na Gàidhlig

4 Leasachadh air a' chlàr-oideachaidh làithreach agus san ùine air thoiseach

- 4.1 Co-theagsa agus cruth acadaimigeach



4.2 Com-pàirtichean foghlaim

4.3 Ag ullachadh clàr-oideachaidh agus leasachaidhean

4.4 Rannsachadh

4.5 Ag ullachadh clàr-oideachaidh

4.5.1 Ionnsachadh cànan (inbhich)

4.5.2 Ionnsachadh cànan (clann sgoile, deugairean agus oileanaich)

4.5.3 Cùrsaichean goirid Shabhal Mòr Ostaig

4.5.4 Na h-ealainean Gàidhlig

4.5.5 Foghlam adhartach agus for-cheum

4.5.6 Cùrsaichean dreuchdail/Leasachadh Dreuchdail Leantainneach

4.5.7 Foghlam Gàidhlig sgoile agus tràth bhliadhnaichean

4.5.8 Trèanadh airson nam meadhanan

4.5.9 Gàidhlig ann an rannsachadh

5 A' cur a' phlana an gnìomh

5.1 Clàr-ama

5.2 Foillseachadh a' Phlana

5.3 Ullachadh Rianachd airson a' Phlana a chur an gnìomh

5.4 Maoineachadh

5.5 Ath-bhreithneachadh

Eàrr-sgrìobhaidhean

1. Structar Shabhal Mòr Ostaig

2. Sgrìobhainn poileasaidh cànan Shabhal Mòr Ostaig

3. Fiosrachadh greimeachaidh





Facal-toisich

Tha e toirt toileachas dhomh a bhith a' cur dàrna Plana Gàidhlig na Colaiste fo ur comhair. Tha àite sònraichte aig Sabhal Mòr Ostaig ann an saoghal na Gàidhlig mar an t-Ionad Nàiseanta airson Cànan agus Cultar na Gàidhlig agus mar chom-pàirtiche ann an Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean. Tha ath-bheothachadh na Gàidhlig mar mhàthar-adhbhar an t-Sabhail agus tha a' Ghàidhlig aig cridhe na Colaiste.

Tha am Plana seo ga fhoillseachadh aig an aon àm ri Ro-innleachd ùr na Colaiste (2017-22) agus ris an treas Plana Nàiseanta Gàidhlig aig Bòrd na Gàidhlig (2017-22) agus tha dlùth-dhàimh eatorra. Mar Ionad Nàiseanta na Gàidhlig agus mar phrìomh ionad ionnsachaidh is cleachdaidh na cànan, tha comas againn mòran de dh'amasan a' Phlana Nàiseanta a libhrigeadh. Le luchd-obrach eòlach, ealanta agus le goireasan barraichte, tha sinn làn uidheamaichte airson a bhith a' neartachadh suidheachadh na cànan ann am foghlam, na h-ealainean, na meadhanan, coimhearsnachdan is leasachadh eaconamach.

Tha sinn a' cleachdadh na Gàidhlig mar chànan làitheil an àit'-obrach, mar mheadhan conaltraidh agus mar mheadhan teagaisg, ionnsachaidh, rannsachaidh is trèanaidh. Tha gach cùrsa a tha a' Cholaiste a' tabhann air a theagasg tron Ghàidhlig, nì a tha gar dèanamh eadar-dhealaichte bho ionad foghlaim treas ìre sam bith eile san dùthaich. Tha poileasaidh Gàidhlig làidir agus brìoghmhor aig a' Cholaiste stèidhichte air feallsanachd agus prionnsapail planadh cànan agus tha bun-structar againn airson a' phoileasaidh sin a chur an gnìomh.

Tha am plana ùr seo a' soilleireachadh mar a tha Sabhal Mòr Ostaig a' cur na cànan gu feum mu thràth agus ag innse dè tha dùil againn a dhèanamh sna làithean ri teachd gus togail air ìre follaiseachd is cleachdadh na Gàidhlig. Tha earrann sa phlana a tha sealltainn mar a tha sinn am beachd na cùrsaichean is na modailean a tha sinn a' tairgse ann an Gàidhlig a leudachadh. Ged a tha inbhe nàiseanta is eadar-nàiseanta aig Sabhal Mòr Ostaig, tha sinn a' creidsinn gu mòr ann an co-phàirteachas is co-obrachadh agus bidh sinn ag obair gu dlùth leis an Riaghaltas, le Bòrd na Gàidhlig, le comhairlean ionadail agus le ionadan is buidhnean poblach eile gus ar rùintean a choileanadh agus am Plana Gàidhlig ùr seo a chur gu buil.

An t-Ollamh Boyd Robasdan,

Prionnsapal



Structar a' phlana

1 Ro-ràdh

Bheir a' chaibideil seo seachad fiosrachadh mu Achd na Gàidhlig agus mar a chuireas buidhnean poblach rithe le bhith ag ullachadh phlanaichean Gàidhlig. Tarraingidh i dealbh fharsaing de Shabhal Mòr Ostaig, de dh'eachdraidh a' phoileasaidh chànan aige agus de dhleastanasan na Colaiste an-diugh.

2 Dleastanasan bunaiteach

Cuiridh a' chaibideil seo an cèill na nì Sabhal Mòr Ostaig gus cleachdadh na Gàidhlig adhartachadh san obair aige. Bheir sin a-steach:

- aithne
- conaltradh
- luchd-obrach
- foillseachaidhean
- luchd-tadhail
- dealbhadh cànan

3 A' cuideachadh ri bhith a' cur Plana Nàiseanta na Gàidhlig an gnìomh

Seallaidh a' chaibideil seo mar a chuidicheas Sabhal Mòr Ostaig ri bhith a' cur Plana Nàiseanta na Gàidhlig an gnìomh. Tha amasan na Colaiste stèidhichte air na ceithir phrionnsapail ann an dealbhadh cànan agus ag amas air a' Ghàidhlig adhartachadh ann an:

- ionnsachadh
- cleachdadh
- inbhe
- corpas

4 Leasachadh air a' chlàr-oideachaidh làithreach agus san ùine air thoiseach

Tha a' chaibideil seo àraidh do dh'ionad foghlaim mar a tha Sabhal Mòr Ostaig agus seallaidh i mar a bhios a' Cholaiste a' cur ri Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus an Stiùireadh Reachdail airson Foghlaim Ghàidhlig tron chlàr-oideachaidh. Tha uallach air a' Cholaiste leasachaidhean a dhèanamh a bheir na cothroman as fheàrr do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus do dhaoine ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

5 A' cur a' phlana an gnìomh

Soilleirichidh a' chaibideil seo mar a tha plana Gàidhlig Shabhal Mòr Ostaig ga chur an gnìomh agus mar a thèid a mheas sna bliadhnaichean air thoiseach.



1 Ro-ràdh

Ann an 2005, fhuair an reachd, Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, làn aonta ann am Pàrlamaid na h-Alba, leis an amas a bhith *'securing the status of the Gaelic language as an official language of Scotland commanding equal respect to the English language.'* Fon achd seo, chaidh Bòrd na Gàidhlig a chur air stèidh laghail le uallach airson leasachadh na Gàidhlig ann an Alba air fad. Mar phàirt den dleastanas sin, dh'iarraidh am Bòrd air buidhnean poblach planaichean Gàidhlig a sgrìobhadh dhaibh fhèin. Chuir Sabhal Mòr Ostaig a chiad Plana Gàidhlig air bhog anns a' Ghearran 2012, agus a-nis ann an 2017 tha sinn toilichte an dàrna Plana againn a thoirt dhan Bhòrd. Tha sinn an dùil gun cuir am plana Gàidhlig seo gu mòr ri amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus Achd na Gàidhlig fhèin gus a' Ghàidhlig a thoirt air adhart gu nàiseanta.

1.1 Gàidhlig ann an Alba agus ann an Slèite

Aig a' Chunntas-sluaigh ann an 2011, bha 57,375 neach ann an Alba aig an robh comas bruidhinn na Gàidhlig agus bha 29,681 neach eile aig an robh tomhas de thuigse no de dh'eòlas air a' chànan. Bha 3,981 neach a bhruidhneadh, a leughadh no a thuigeadh Gàidhlig ann an sgìre an Eilean Sgitheanaich is Loch Aillse, 34% de shluagh na sgìre seo. B' e Slèite an aon pharaiste anns an Eilean Sgitheanach far an robh an àireamh luchd-labhairt air èirigh, le 344 neach a bha comasach air Gàidhlig a bhruidhinn (38.74% dhen phoball), meudachadh de 33 bho 1991 agus 4 bho 2001. Chan eil teagamh nach e Sabhal Mòr Ostaig a bha mar adhbhar dhan àrdachadh sin an Slèite nach fhacas ann an eilean sam bith eile. Tha buaidh anabarrach air a bhith aig a' Cholaiste air beatha, cànan is eaconomaidh na sgìre bho chaidh a stèidheachadh. Tha sin ri fhaicinn anns an dùblachadh a tha air tighinn air an àireamh sluaigh a tha a-nis a' tuineachadh san sgìre agus ann an roile na sgoile a bha a thrì uimhir ann an 1988 sa bha e ann an 1972.

1.2 Eachdraidh Shabhal Mòr Ostaig

Chaidh Sabhal Mòr Ostaig a chur air bhonn leis an Ridire Iain Noble nach maireann ann an 1972 ann an seann sabhal ann an Slèite anns an Eilean Sgitheanach. Goirid às dèidh dha Oighreachd Eilean Iarmain aig ceann a tuath Shlèite a cheannach, dh'ionnsaich e gun robh sealbh aige air seann sabhal cloiche ann am baile beag air an robh Ostaig, agus chuir e roimhe gun rachadh gnìomhachas ùr a stèidheachadh ann. B' e an lèirsinn a bh' aige gun togte ionad nàiseanta Gàidhlig aig Sabhal Mòr Ostaig, a' chiad ionad Gàidhlig ann an Alba bho thàinig Tighearnas nan Eilean gu crìch anns an t-siathamh linn deug. Bha ùidh aig Iain Noble ann an leasachadh eaconamach agus thug eisimpleir nan Eilean Fàrach buaidh mhòr air, anns an dòigh air an deach leasachadh eaconamach a cheangal ri leasachadh cànan ann. Ann an stèidheachadh ionad Gàidhlig na sgìre, bha e an dòchas gun tigeadh piseach air eaconomaidh na Gàidhealtachd, agus na Gàidheil a' glacadh misneachd às ùr às a' chànan agus às a' chultar aca fhèin.

Bhon chiad latha chun an latha an-diugh, tha Sabhal Mòr Ostaig air a bhith a' sìor fhàs. Thòisich a' Cholaiste le clasaichean-oidhche is cùrsaichean goirid agus, ann an 1983, thabhainn i cùrsaichean làn-ùine HNC agus HND airson na ciad uarach. Fo iùil lèirsinn Iain Noble gum biodh Sabhal Mòr Ostaig ag obair air leasachadh eaconamach agus leasachadh cànan le chèile, chaidh a' Cholaiste a chur air chois sa chiad dol-a-mach mar cholaiste mhalairt, agus i a' tabhann cùrsaichean ann an gnìomhachas, leasachadh dùthchail agus dràma. Bhon fhìor thoiseach, chaidh gabhail ris gum biodh a' Cholaiste ag obair tro mheadhan na Gàidhlig mar shàr eisimpleir de ghnìomhachas a chuireadh taic ri ath-bheothachadh a' chànan. Ann an 1993, chaidh togalach na Colaiste a leudachadh gu mòr agus chaidh na cuspairean a bhathas a' teagasg innte a leudachadh aig a' cheart àm. B' ann air an aon bhliadhna a thòisich an Cùrsa Telebhisein, agus Sabhal Mòr Ostaig ag oideachadh ginealach ùr



de luchd-craolaidh airson a bhith ag obair anns na meadhanan Gàidhlig. Eadar 1993 agus 1997, chaidh a' Cholaiste an sàs ann an iomairt Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean, iomairt a thàinig gu buil o chionn ghoirid le stèidheachadh oifigeil an oilthighe anns a' Gherran 2011. Thòisich cùrsaichean BA aig a' Cholaiste ann an 1997 agus, an ath bhliadhna, chaidh àrainn ùr fhosgladh, Àrainn Chaluim Chille, le trì toglaichean ùra air astar goirid bhon t-seann sabhal. Chaidh an togalach Fàs fhosgladh ann an 2008 air Àrainn Chaluim Chille, le oifisean, stiùideo telebhisein agus ionad cùraim-chloinne na bhroinn. 'S e Ionad Iain Nobail an leasachadh as ùire a dh'fhosgail aig a' Cholaiste ann an 2015 le seòmraichean teagaisg ùra, cafaidh Gàidhlig agus oifisean. Tha Àrainn na Colaiste a' sìor leasachadh le tuilleadh thogalaichean agus taighean còmhnaidh san amharc anns na bliadhnaichean a tha romhainn.

'S e ionad Gàidhlig ioma-thaobhach a th' ann an Sabhal Mòr Ostaig agus bidh na h-oileanaich a' sgrùdadh iomadh cuspair eadar-dhealaichte aig gach ìre agus tha caochladh phròiseactan Gàidhlig stèidhichte am broinn na Colaiste cuideachd. Anns a' bhliadhna acadaimigich 2016/17, bha 82 oileanaich an sàs ann an cùrsaichean làn-ùine air àrainn na Colaiste, 348 oileanaich ag ionnsachadh air astar agus an àireamh a' sìor dol am meud. Ann an 2016 bha 774 oileanaich air cùrsaichean goirid tron t-samhradh no aig àm na Càisge air taghadh farsaing de chuspairean eadar Gàidhlig, ceòl traidiseanta, dannsa agus dràma no cùrsaichean a chaidh an dèanamh dhan bhuidhinn aca. Tha Sabhal Mòr Ostaig, mar a' phrìomh cholaiste chom-pàirteachaidh airson ceumannan Gàidhlig OGE, a' tabhann ceithir chùrsaichean BA le Urram: Cànan agus Cultar na Gàidhlig, Gàidhlig agus Leasachadh, Gàidhlig agus na Meadhanan agus Gàidhlig agus Ceòl Traidiseanta. A bharrachd air sin, bithear a' tabhann MA (le Urram) Gàidhlig le Foghlam agus MSc ann an Cultar Dùthchasach agus Eachdraidh na Gàidhealtachd agus, ann an 2016, bha ceathrar oileanach a' dèanamh rannsachadh airson PhD aig a' Cholaiste.

'S e ionad rannsachaidh agus ionad iomairt a th' ann Sabhal Mòr Ostaig, cho math ri ionad foghlaim, agus tha farsaingeachd de bhuidhnean Gàidhlig a' dèanamh an dachaigh air àrainn na Colaiste:

- Lèirsinn, buidheann rannsachaidh
- Soillse, iomairt rannsachaidh a chuireas ri ar n-eòlas air cor na Gàidhlig anns an latha an-diugh
- Tobar an Dualchais, a bhios a' gleidheadh iomadh mìle uair a thìde de chlàran-fuaim Gàidhlig is Beurla Gallta ann an cruth didseatach, gan catalogadh agus gan sgaoileadh air-loidhne
- Faclair na Gàidhlig, buidheann a tha a' cruthachadh faclair eachdraidheil dhan Ghàidhlig
- Ainmean-Àite na h-Alba, buidheann nàiseanta a bhios a' rannsachadh cruthan ceart nan ainmean-àite Gàidhlig a chleachdar air mapaichean agus air soidhnichean 7c
- MG ALBA, a ruitheas stiùideo craolaidh uile-ghoireasach aig a' Cholaiste
- Fàs Mòr, a bhios a' tabhann cùram-cloinne Gàidhlig do phàistean 0–12 bliadhna a dh'aois
- Cànan, companaidh prìobhaideach, a bhios a' tabhann sheirbheisean eadar-theangachaidh, foillseachaidh agus dealbhachaidh sa Ghàidhlig agus sa Bheurla
- Young Films, a bhios a' cruthachadh prògraman telebhisean leithid 'Bannan' agus filmichean,
- Skye Space, a bhios a' ruith stiùideo craolaidh uile-ghoireasach aig SMO.

1.3 Poileasaidh cànan Shabhal Mòr Ostaig

Mar ionad Gàidhlig, bha poileasaidh cànan làidir a-riamh aig Sabhal Mòr Ostaig ach, aig an toiseach, 's e fear a bh' ann a bha ga thuigsinn le muinntir na Colaiste is nach robh sgrìobhte sìos gu foirmeil. Mar a dh'fhàs a' Cholaiste ceum air cheum, chaidh am poileasaidh cànan a shoilleireachadh agus a chur sìos ann an sgrìobhadh gu mionaideach mar phoileasaidh fa leth am measg phoileasaidhean iomchaidh eile na Colaiste, m.e. am poileasaidh fastaidh no cùmhnant nan oileanach. Chaidh poileasaidh cànan na Colaiste a sgrìobhadh sìos gu coileanta airson na ciad uarach ann an 2003. Air



an ath bhliadhna, chaidh Fo-chomataidh Brosnachaidh na Gàidhlig a chur air bhonn gus am poileasaidh a sgrùdadh agus a chur an gnìomh. Ann an 2008, nuair a chaidh an t-Ollamh Boyd Robasdan na phrionnsapal air a' Cholaiste, stèidhich e comataidh ùr gus poileasaidh na bu mhionaidiche a sgrìobhadh agus ghabh Bòrd Stiùiridh na Colaiste ri cruth ùr a' phoileasaidh ann an 2010 a bha cuideachd na bhun-stèidh don chiad Plana Gàidhlig. Leis a' Phlana Gàidhlig a-nis a' mìneachadh amasan is dleastanasan gu mionaideach, chaidh am poileasaidh fhèin a ghiorrachadh gu na prìomh prionsapalan ann an 2015, agus tha e a-nis nas fhasa leughadh.

Tha dà phrìomh amas air cùl poileasaidh cànan na Colaiste: gum bithear a' tabhann foghlam oilthighe tro mheadhan na Gàidhlig aig ìre àird agus gum bi a' Cholaiste fhèin na h-eisimpleir de dheagh chleachdadh a thaobh dìon na Gàidhlig mar ghnìomhachas a thèid ruith tro mheadhan na Gàidhlig. Bidh an dà amas seo a' tighinn ri chèile ann an co-sheirm gus coimhearsnachd Ghàidhlig cho-obrachail agus thaiceil a chruthachadh anns am bi a h-uile duine ag obair còmhla airson math na Gàidhlig. Leis gu bheil an dàrna amas ann – a bharrachd air foghlam – tha e air leth cudromach gum bi a h-uile duine a' cleachdadh na Gàidhlig mar chànan nàdarra anns a' chlas, air taobh a-muigh a' chlas, aig an obair, gu sòisealta, anns gach ceàrnaidh. Tha sin a' ciallachadh gu bheil poileasaidh agus plana cànan aig cridhe na h-obrach agus adhbhar-bith na Colaiste.

Tha am Plana ùr seo mar lèirmheas air a' chiad Plana Gàidhlig, agus tha e a' cumail feallsanachd na Colaiste agus ris na h-amasan àite gu tur Gàidhlig a chruthachadh agus a ghlèidheadh an seo. Thathas a' tuigsinn gur e pròsas a th' ann an leasachadh mion-chànain a tha ann an cunnart mar a tha a' Ghàidhlig. Mar sin tha sinn air na h-amasan agus gnìomhan bhon chiad Plana a leasachadh ann an diofar dhòighean: Tha sinn air an fheadhainn a bha soirbheachail a chumail agus gan daingneachadh, tha sinn air gnìomhan eadar-dhealaichte a chur ri amasan nach do ràinig sinn mar a bha dùil, tha sinn air amasan agus gnìomhan ùra a chur ris gus an obair leasachadh cànan againn a leudachadh agus ma bha sinn air mothachadh rè a' chiad plana nach robh amas reusanta tha sinn air a thoirt a-mach no air atharrachadh. Mar ghnìomhachas, tha Sabhal Mòr Ostaig gu math adhartach ann a bhith a' leasachadh comasan Gàidhlig an luchd-obrach, ach chan eil sin air a bhith gun dùbhlann. Mar sin tha am Plana ùr seo a' coimhead às ùr air a' gnìomh seo le plana gnìomha gu tur ùr. Tha àite sònraichte againn cuideachd, ann a bhith a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig am measg an dà chuid luchd-obrach agus oileanach, agus rè nam bliadhnaichean tha na dòighean againn air atharrachadh gus barrachd seilbh a thoirt dha oileanaich agus luchd-obrach air an obair seo. Tha Sabhal Mòr Ostaig airson a bhith na shàr eisimpleir de dheagh gnìomh ann an leasachadh cànan am broinn gnìomhachais agus, air an adhbhar seo, tha poileasaidh cànan na Colaiste ga shìor leasachadh, a' leantainn stiùireadh sgoileireil eadar-nàiseanta air leasachadh cànan agus eòlaichean aig a' Cholaiste fhèin a bhios a' sgrùdadh ath-bheothachadh cànan air feadh an t-saoghail.

Tha e na adhbhar-moit do mhuinntir Shabhal Mòr Ostaig gur h-ann aigesan a tha am poileasaidh Gàidhlig as treasa ann an Alba. Tha Sabhal Mòr Ostaig na ghnìomhachas a tha ga ruith uile-gu-lèir tro mheadhan na Gàidhlig, a' libhrigeadh sheirbheisean anns a' Ghàidhlig, a' cruthachadh coimhearsnachd bheag Ghàidhlig da oileanaich, da luchd-obrach agus da luchd-tadhail.

Chan eil buidheann eile ann a nì an uimhir gus a' Ghàidhlig a chleachdadh na h-obair làitheil. A thuilleadh air a' choimhearsnachd bhig air àrainn na Colaiste fhèin, ge-tà, tha lèirsinn Shabhal Mòr Ostaig a' toirt a-steach dealbh nàiseanta agus, gu dearbh, eadar-nàiseanta. Tron phlana a tha seo, tha e mar amas do Shabhal Mòr Ostaig stiùir ùr-nodha a thoirt do shlighe na Gàidhlig an dà chuid air àrainn na Colaiste agus air feadh an t-saoghail, gus am bi a' Ghàidhlig aithnichte mar chànan làidir beothail tron 21mh linn.



1.4 Co-chomhairle phoblach





2 Dleastanasan bunaiteach

Na stiùireadh air deasachadh phlanaichean Gàidhlig, cuiridh Bòrd na Gàidhlig an cèill gu bheil e riatanach airson ath-bheothachadh na Gàidhlig gun cruthaichear an àrainneachd cheart airson a' Ghàidhlig a chleachdadh gu làitheil. Molaidh Bòrd na Gàidhlig ceithir roinnean cleachdaidh agus seirbheisean a thoirt seachad anns a' Ghàidhlig agus a' Ghàidhlig àbhaisteachadh mar mheadhan-conaltraidh. A thuilleadh orra seo, tha dà roinn eile, Luchd-tadhail agus Dealbhadh cànan, gan cleachdadh shìos.

Aithne:

aithne chorporra
soidhnichean

Conaltradh:

conaltradh pearsanta
fàilteachas
fòn
conaltradh sgrìobhte
foirmichean
modhan gearain

Luchd-obrach:

trèanadh
ionnsachadh cànan
ceannas
fastadh
sanasachd

Foillseachaidhean:

dàimh phoblach agus na meadhanan
stuth clò-bhuailte
làrach-lìn & na meadhanan sòisealta
Clò Ostaig

Luchd-tadhail:

cùrsaichean goirid
co-labhairtean
taisbeanaidhean ealaine

Dealbhadh cànan:

leasachaidhean
an saoghal a-muigh
stiùireadh air dealbhadh cànan
buidhnean co-cheangailte ri Sabhal Mòr Ostaig
rannsachadh

Le bhith a' coileanadh nan gnìomhan anns na roinnean seo shuas, thathas a' cur ri adhartachadh ìomhaigh is faicsinneachd na Gàidhlig, cleachdadh na Gàidhlig, ionnsachadh na Gàidhlig agus corpas na Gàidhlig. Thathas ag amas air seirbheisean a thoirt seachad dhan mhòr-shluagh tro mheadhan na Gàidhlig agus le sin a bhith a' freagairt iarrtas Achd na Gàidhlig.

Air na duilleagan a leanas, thathas a' taisbeanadh amasan Shabhal Mòr Ostaig am broinn nan roinnean seo. Leis gun deach poileasaidh cànan na Colaiste a leasachadh, tha a' mhòr-chuid de na h-amasan a' tighinn bhon phoileasaidh fhèin. Chithear shìos na colbhan a leanas:

1. Amas
2. An suidheachadh an-dràsta
3. Puingean gnìomha
4. An neach a bhios an urra riutha
5. Ceann-latha

Uair sam bith a mholar cruth dà-chànanach, cuirear prìomhachas an-còmhnaidh air a' Ghàidhlig le bhith ga cur os cionn na Beurla, ron Bheurla no ann an clò nas motha no nas treasa na a' Bheurla.



2.1 Aithne

Thathas ag aithneachadh cho cudromach is a tha ìomhaigh Ghàidhlig do Shabhal Mòr Ostaig agus thathas ag amas air ìomhaigh aon-chànanach a chuireas ri fèin-aithne na Colaiste mar Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig. Thathas a’ gabhail ceum gus sealltainn gu bheil a’ Ghàidhlig comasach air a bhith a’ seasamh leatha fhèin agus gu bheil muinntir Shabhal Mòr Ostaig – luchd-obrach agus oileanaich – airson a’ Ghàidhlig àbhaisteachadh am broinn coimhearsnachd na Colaiste. Thathas a’ cruthachadh ìomhaigh dhòchasach bhrosnachail làidir gus sealltainn gu bheileas moiteil às a’ chànan againn. Thathas ag amas air soidhnichean aon-chànanach Gàidhlig a chleachdadh ach far e bheil e riatanach a rèir an lagha.

| 2.1.1 Aithne chorparra | | | | |
|--|--|---|-------------------------|--------------------|
| Amas | An suidheachadh an-dràsta | Puingean gnìomha pragtaigeach | Neach an urra | Ceann-latha |
| a) Bidh abairt-rùin na Colaiste a’ nochdadh gu bheil Sabhal Mòr Ostaig na àite gnìomhachais làn-Ghàidhlig, agus gleidheadh, brosnachadh agus leudachadh na Gàidhlig nam prìomh adhbhar aige. | Tha abairt-rùin na Colaiste a’ taisbeanadh gur e àite foghlaim agus gnìomhachais làn Ghàidhlig a th’ ann agus ag ainmeachadh gu bheil brosnachadh agus leudachadh na Gàidhlig nam prìomh adhbhar aige. | Cumail a’ dol le seo agus cleachdadh na h-abairt aig a h-uile cothrom. | Bòrd Stiùiridh | Leantainneach |
| b) Bidh margaideachd is sanasachd ceangailte ris a’ Cholaiste a’ nochdadh na h-abairt-rùin. | Suaicheantas na Colaiste: aon-chànanach Gàidhlig. Ceann-litreach: tha pàipear litreach dà-chànanach le prìomhachas ga thoirt dhan Ghàidhlig. | A’ leantainn le fiosrachadh aon-chànanach (no dà-chànanach far a bheil sin iomchaidh) agus a’ dèanamh cinnteach nach bi dad a’ nochdadh sa Bheurla a-mhàin. | Manaidsear Margaideachd | Leantainneach |

| 2.1.2 Soidhnichean | | | | |
|--|---|--------------------------------------|---|--------------------|
| Amas | An suidheachadh an-dràsta | Puingean gnìomha pragtaigeach | Neach an urra | Ceann-latha |
| (a) Bidh a’ Cholaiste ag obair a rèir a’ phrionnsapail gum bi soidhnichean fiosrachaidh uile sa Ghàidhlig. | Tha soidhnichean fiosrachaidh bho thaobh na Colaiste uile sa Ghàidhlig. | Cumaidh sinn a’ dol le seo. | Oifigear Leasachaidh Cànan, Manaidsear Aoiigeachd | Leantainneach |



| | | | | |
|---|--|---|---|-----------------|
| | | | | |
| (b) Bidh soidhnichean a tha air an taisbeanadh anns a' cholaiste a rèir an lagha, m.e. cead dibhe, dà-chànanach. | Tha a' mhòrchuid de shoidhnichean dà-chànanach. | Cumaidh sinn oirnn a' brosnachadh bhuidhnean oifigeil soidhnichean dà-chànanach a thoirt dhuinn no a cheadachadh. | Ceannard Sheirbheisean is Oighreachdan | An Dàmhair 2018 |
| (c) A bharrachd air sanasan/postairean bhon taobh a-muigh a nochdas air an aon bhòrd-sanais anns gach togalach, cha nochd sanas no postair sam bith sa Bheurla a-mhàin. | Tha sanasan/postairean aig buidhnean bho muigh gu tric sa Bheurla. | Thèid buidhnean bho muigh a bhrosnachadh gus sanasan a thaisbeanas iad aig a' Cholaiste a chur ann an dreach dà-chànanach. Bidh sinn a' tabhann taic le eadar-theangachadh do dhaoine no buidhnean a tha airson postairean dà-chànanach a chur suas anns a' cholaiste | Luchd-obrach an Ionad-fàilte, Oifigear Leasachaidh Cànan | Leantainneach |
| (d) Bidh sanasan èiginn a' cleachdadh dhealbhan a-mhàin far an gabh iad tuigsinn no Gàidhlig agus Beurla le chèile. | Tha a' mhòrchuid de shanasan dà-chànanach no gun chànan. | Cumaidh sinn a' dol le seo nuair a thèid togalach ùr a thogail agus nuair a bhios soidhnichean briste. Nì sinn sgrùdadh agus atharrachaidh sinn na soidhnichean mar as iomchaidh | Oifigear Leasachaidh Cànan Ceannard Sheirbheisean is Oighreachdan | Leantainneach |
| e) Bidh teachdaireachdan labhairte èiginn agus sàbhailteachd sa Ghàidhlig no dà-chànanach mar as iomchaidh | Tha teachdaireachd èiginn labhairte sa Ghàidhlig a-mhàin air a bhith againn bho 2015 ann an togalach ùr. | Clàraidh sinn teachdaireachdan èiginn sa Ghàidhlig no dà-chànanach a rèir prìomh luchd-cleachdaidh an togalaich. | Ceannard Sheirbheisean is Oighreachdan | Leantainneach |

2.2 Conaltradh

'S i a' Ghàidhlig cànan na colaiste agus thathas ag obair a dh'ionnsaigh ama sam bi gach neach aig a' cholaiste a' cleachdadh na Gàidhlig mar chànan làitheil àbhaisteach. 'S i àrainneachd Ghàidhlig a tha a' dèanamh Sabhal Mòr Ostaig sònraichte an coimeas ri ionadan foghlaim eile. Le sin, thathas a' cur ri àrainneachd ionnsachaidh bhrosnachail do dh'oileanaich, ri cothroman air cleachdadh an Gàidhlig san àite-obrach agus air taobh a-muigh an t-seòmair-teagaisg agus thathas ag adhartachadh ìomhaigh na Gàidhlig mar chànan beòthail làidir an latha an-diugh.



| 2.2.1 Conaltradh pearsanta | | | | |
|---|--|---|--|--------------------|
| Amas | An suidheachadh an-dràsta | Puingean gnìomha pragtaigeach | Neach an urra | Ceann-latha |
| (a) Bidh dùil gun cleachd muinntir na Colaiste a' Ghàidhlig a-mhàin ri oileanach a tha air ìre a' Chùrsa Chomais no a' Chùrsa Adhartais a ruigsinn agus ri luchd-obrach eile a rèir an comais. | Bidh a' mhòr-chuid de dh'oileanaich agus luchd-obrach a' cleachdadh na Gàidhlig mar chànan làitheil air àrainn na Colaiste, ach thathas ag amas air suidheachadh anns am bi gach neach aig a' Cholaiste a' conaltradh sa Ghàidhlig a rèir an comais. | Trèanadh agus brosnachadh dhan luchd-obrach a thaobh a bhith a' cuideachadh agus a' brosnachadh oileanaich le cleachdadh cànan. | Stiùiriche Corporra | Leantainneach |
| | | Sgaoileadh fiosrachadh bho rannsachadh leasachadh cànan don luch-obrach air fad | Oifigear Leasachaidh Cànan Luchd-teagaisg Leasachadh Cànan | Leantainneach |
| | | Leudachadh air sgeama nan Caraidean Cànan. | Oifigear Leasachaidh Cànan | Leantainneach |
| (b) Nithear cùmhnant onair gach bliadhna eadar a' Cholaiste agus na h-oileanaich fa leth a thaobh poileasaidh cànan na Colaiste, gum bi fhios aca gum bi aca ri bhith a' cleachdadh na Gàidhlig air feadh na Colaiste agus gum faod iad sùileachadh ri àrainneachd làn-Ghàidhlig air feadh na Colaiste. | Chaidh cùmhnant a chleachdadh fad 5 bliadhna gus an teachdaireachd a dhaingneachadh. Bidh cuid de na h-oileanaich fhathast a' bruidhinn sa Bheurla gu tric agus chan eil na comasan cànan aig a h-uile neach-obrach math gu leòr airson a bhith a' còmhradh riutha sa Ghàidhlig. | Trèanadh air poileasaidh cànan ann an seachdain inntigidh | Oifigear Leasachaidh Cànan | Leantainneach |
| | | Na h-oileanaich a' sgrìobhadh a' plana cànan aca fhèin aig toiseach an dàrna semeastair gach bliadhna. | Oifigear Leasachaidh Cànan | Leantainneach |
| | | Brosnachadh oileanaich ann a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig. | Luchd-obrach air fad | Leantainneach |
| | | Leudachadh comasan cànan an luchd-obrach air fad gus am bi iad comasach a bhith nan deagh eisimpleir do na h-oileanaich. | Stiùiriche Corporra | Leantainneach |
| | | Òraidean rannsachaidh air cuspair | Ceannard an Fhoghlaim | Leantainneach |



| | | | | |
|--|---|---|---|---------------|
| | | <p>leasachadh cànan bho eòlaichean taobh a-staigh clàr-ama nan oileanach</p> <p>Bidh an cuspair leasachadh cànan a' sìor leudachadh anns a' chlàr-oideachaidh aig a h-uile oileanach.</p> | Ceannard an Fhoghlaim | Leantainneach |
| (c) Bidh dleasan agus còraichean a thaobh na Gàidhlig aig gach neach aig a' Cholaiste. Tha soirbheachadh agus cliù na Colaiste mar àite Gàidhlig an urra ris a h-uile duine. | Tha a' mhòr-chuid den luchd-obrach agus de na h-oileanaich a' tuigsinn feallsanachd na Colaiste.. | Soilleireachd a thaobh feallsanachd agus amas na Colaiste mus tòisich luchd-obrach no oileanaich ùra aig a' cholaiste agus tron inntrigeadh. | Prionnsapal | Leantainneach |
| (d) Bidh cùmhnant làidir eadar a' Cholaiste agus luchd-obrach gum bithear a' cleachdadh na Gàidhlig a rèir an comasan air feadh na Colaiste. | Tha cùmhnant luchd-obrach a' mìneachadh "'S e colaiste Ghàidhlig a th' ann an Sabhal Mòr Ostaig agus thathas an dùil gum bi luchd-obrach ag ionnsachadh na Gàidhlig gu fileantachd agus a' cleachdadh na Gàidhlig mar an cànan làitheil." | Cumaidh sinn oirnn an teachdaireachd seo a shoilleireachadh ann an agallamhan agus inntrigeadh luchd-obrach | Oifigear Leasachaidh Cànan, Stiùiriche Corporra | Am Màrt 2018 |
| (e) Bidh a' chòir aig luchd-obrach agus oileanaich ri bhith a' sùileachadh ri àrainneachd làn-Ghàidhlig aig a' Cholaiste. | Tha seo a' tachairt gu ìre mhòir. Bidh suidheachaidhean ann tron t-samhradh far am bi co-labhairtean is cùrsaichean a' ruith tro mheadhan na Beurla ach tha seo riatanach airson ionmhais na Colaiste. (faic X) | Brosnachadh oileanaich agus luchd-obrach ann an dòigh in-ghabhalach agus càirdeil a bhith a' E cleachdadh na Gàidhlig. | Buidheann Stiùiridh | Leantainneach |
| (f) Cha fhrithealaich anns a' bhiadhlan ach luchd-obrach a bhios deònach a' Ghàidhlig a chleachdadh ris na h-oileanaich agus ri luchd-obrach eile. | Tha piseach mhòr air tighinn air comasan agus tuigse an luchd-fhrithealaidh. Tha cothrom ann seo a leudachadh, ge-tà. | Comasan agus tuigse cànan a leasachadh am measg luchd-fhrithealaidh. | Oifigear Leasachaidh Cànan, Stiùiriche Corporra | Leantainneach |
| | | Cùmhnant an luchd-obrach. | | |



| | | | | |
|---|--|---|--|--|
| | | <p>Feallsanachd agus fiosrachadh soilleir aig inntigeadh.</p> <p>A' dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile neach-obrach dèonach a' Ghàidhlig a bhruidhinn.</p> | Ceannard a' Chidsin | Leantainneach |
| (g) Bidh dùil gum bi Rianachd na Colaiste a' dèiligeadh ri muinntir na colaiste tro mheadhan na Gàidhlig. | <p>San fharsaingeachd, bidh conaltradh sam bith ri luchd-obrach tro mheadhan na Gàidhlig.</p> <p>Tha poileasaidhean na Colaiste uile dà-chànanach.</p> <p>Bidh Bòrd Stiùiridh na Colaiste ag obair tro mheadhan na Gàidhlig a-mhàin.</p> <p>Tha comataidhean ag obair tro mheadhan na Gàidhlig, ach a-mhàin an Comataidh Sgrùdaidh oir tha eòlaichean bho thaobh a-muigh ann.</p> <p>Tha pàipearan agus geàrr-chunntasan bho chomataidhean na Colaiste sa Ghàidhlig a-mhàin (ach a' Chomataidh Sgrùdaidh).</p> | <p>Comasan cànanan an luchd-obrach a leasachadh gus am bi conaltradh na Colaiste air fad tro mheadhan na Gàidhlig a-mhàin.</p> <p>Poileasaidhean ùra na Colaiste uile a chur sa Ghàidhlig (le lethbhreac dà-chànanach)</p> <p>Buill Ghàidhlig a-mhàin a bhith againn air na comataidhean air fad.</p> <p>Nì sinn oidhirp buill a lorg aig a bheil Gàidhlig nuair a thig e gu ath-nuadhachadh buill.</p> <p>Pàipearan agus geàrr-chunntasan bho chomataidhean na Colaiste a sgrìobhadh sa Ghàidhlig a-mhàin.</p> | <p>Stiùiriche Corporra, Ceannardan Roinne</p> <p>Stiùiriche Corporra</p> <p>Bòrd Stiùiridh</p> <p>Bòrd Stiùiridh</p> <p>Stiùiriche Corporra, Rùnairean Chomataidhean</p> | <p>An Giblean 2017</p> <p>Leantainneach</p> <p>Leantainneach</p> <p>Leantainneach</p> <p>Leantainneach</p> |
| (h) Bidh a h-uile coinneamh air taobh a-staigh na colaiste ga cumail tro | Bidh coinneamhan roinneil gan cumail sa Ghàidhlig ach a-mhàin san | Comasan cànanan an luchd-obrach a leasachadh gus an gabh | Buidheann Stiùiridh Ceannardan Roinne | Leantainneach |



| | | | | |
|--|---|--|----------------------------|--------------------|
| mheadhan na Gàidhlig, | Roinn Aoigheachd far a bheil measgachadh de Ghàidhlig agus Beurla ga chleachdadh. | coinneamhan Roinn Aoigheachd a chumail sa Ghàidhlig a-mhàin. | Stiùiriche Corporra | Leantainneach |
| | Thèid coinneamhan an luchd-obrach air fad a chumail sa Ghàidhlig le coinneimh fa-leth sa Bheurla agus beagan Gàidhlig às dèidh làimh. | Comasan cànan an luchd-obrach a leasachadh gus am bi e comasach dhan a h-uile duine coinneamhan luchd-obrach a thuigsinn. | | |
| | Bidh Neach In-sgrùdaidh na Colaiste ag obair tro mheadhan na Gàidhlig. | Oidhirp a dhèanamh luchd-cunraidh aig a bheil Gàidhlig a chleachdadh far a bheil seo comasach a rèir riaghailtean nàiseanta, .i. APUC. | Stiùiriche Corporra | Leantainneach |
| (i) Bidh Inntreigeadh nan oileanach ùra a' soilleireachadh feallsanachd poileasaidh cànan na Colaiste. | Tha prògram na seachdain inntreigidh a' measgachadh tachartasan Gàidhlig agus seiseanan fiosrachaidh mu chleachdadh na Gàidhlig | Cumaidh sinn a' dol le seo, a' sìor leudachadh pàirt nan oileanach ann an cruthachadh a' phrògram | Oifigear Leasachaidh Cànan | Leantainneach |
| (j) Brosnaichear àrainneachd far am bi daoine deònach faighneachd mura tuig iad rudeigin sa Ghàidhlig. | Gheibh oileanaich agus luchd-obrach am fiosrachadh freagarrach nuair a thòisicheas iad aig a' Cholaiste. | Trèanadh do luchd-labhairt nas adhartache mar a bhruidhinnear gu freagarrach ri luchd-ionnsachaidh aig an ìre aca. | Oifigear Leasachaidh Cànan | Am Faoilleach 2019 |

2.2.2 Fàilteachas

| Amas | An suidheachadh an-dràsta | Puingean gnìomha pragtaigeach | Neach an urra | Ceann-latha |
|--|---|--|-----------------------|---------------|
| (a) Cuirear fàilte air a h-uile duine sa Ghàidhlig agus bidh taghadh aig an aoigh cumail air no tionndadh gu cànan eile. | Tha fàilte ga chur air luchd-tadhail sa Ghàidhlig | Cumaidh sinn a' dol le seo, a' trèanadh luchd-obrach ùra air mothachadh cànan agus air dòighean conaltraidh agus trèanadh dreuchdail gus an tèid a' Ghàidhlig a chleachdadh sa chiad àite fad na h-ùine. | Manaidsear Aoigheachd | Leantainneach |



| | | | | |
|---|--|--|----------------------------|-------------------|
| (b) Bidh e follaiseach do dh'aoighean gur e àite Gàidhlig a th' ann agus gum bi fàilte romha an cuid Gàidhlig a chleachdadh aig an ìre aca. | Tha e follaiseach do dhaoine a tha eòlach air Sabhal Mòr Ostaig, ach chan eil do dhaoine eile. | Cuiridh sinn an teachdaireachd gu bheil Gàidhlig againn suas aig prìomh dhoras gach togalaich ann an cruth soidhne no ealain gus daoine a bhrosnachadh gus Gàidhlig a chleachdadh. | Oifigear Leasachaidh Cànan | An Dùbhlachd 2018 |
|---|--|--|----------------------------|-------------------|

| 2.2.3 Fòn | | | | |
|--|--|---|--|--------------------------------------|
| Amas | An suidheachadh an-dràsta | Puingean gnìomha pragtaigeach | Neach an urra | Ceann-latha |
| (a) Thèid am fòn a fhreagairt sa Ghàidhlig a-mhàin. | Bidh luchd-obrach a' freagairt prìomh fhòn na Colaiste anns a' Ghàidhlig a-mhàin agus gabhaidh iarrtasan freagairt ann an Gàidhlig no ann am Beurla aig an àm. | Trèanadh do luchd-obrach an Ionad-fàilte | Ceannard an Ionad-fàilte | Leantainneach |
| (b) Thèid teachdaireachdan fòn dà-chànanach a chleachdadh a-mhàin. | Tha cuid de theachdaireachdan fòn pearsanta sa Bheurla. Tha a h-uile teachdaireachd 'automated' sa Bheurla. Tha teachdaireachd fòn air taobh a-muigh uairean obrach na Colaiste anns an dà chànan, a' Ghàidhlig a' tighinn an toiseach gus prìomhachas a thoirt dhi. | Dèanamh cinnteach gun tèid teachdaireachd iomchaidh (dà-chànanach no Gàidhlig) fhàgail air na fònaichean uile. Bidh sinn a' sìor brosnachadh OGE gus teachdaireachdan fèin-labhairteach a chruthachadh gu dà-chànanach | Oifigear Leasachaidh Cànan Manaidsear ICT Am Prionnsapal | Leantainneach An Sultain 2018 |



| 2.2.4 Conaltradh sgrìobhte | | | | |
|--|--|---|----------------------------|--------------------|
| Amas | An suidheachadh an-dràsta | Puingean gnìomha pragtaigeach | Neach an urra | Ceann-latha |
| Tha conaltradh sgrìobhte anns a' Cholaiste agus a-mach aon-chànanach Gàidhlig, ach dà-chànanach mas e cùis èiginneach a th' ann no ma thèid e gu buidhinn bho muigh aig nach eil a' Ghàidhlig. | Thèid teachdaireachdan puist-d taobh a-staigh na colaiste a sgaoileadh sa Ghàidhlig a-mhàin, ach mas e cùis slàinte is sàbhailteachd a th' ann. Thèid teachdaireachdan a thaobh na h-obrach a sgaoileadh gu dà-chànanach mas ann don a h-uile duine a tha e. | Comasan cànanan an luchd-obrach a leasachadh gus nach bi feum sam bith air conaltradh sgrìobhte dà-chànanach air taobh a-staigh na Colaiste. | Stiùiriche Corporra | Leantainneach |
| | Ma bhios fiosrachadh bhon taobh a-muigh ga sgaoileadh leis a' phost-d, cuirear an cuspair agus beagan mineachaidh air an t-susbaint sa Ghàidhlig aig bàrr a' phuist-d. | Fiosrachadh gu luchd-obrach agus oileanaich air an stiùireadh seo. | Oifigear Leasachaidh Cànan | Leantainneach |
| | Ma bhios conaltradh sgrìobhte ga sgaoileadh às leth na colaiste, bidh e dà-chànanach, co-dhiù airson na ciad uarach, ach far a bheileas a' conaltradh ri buidhnean Gàidhlig. | | | |
| | Thèid teachdaireachdan coitcheann air post-d (a leithid Air Falbh bhon Oifis) a sgaoileadh san dà-chànan, ach Gàidhlig a-mhàin san loidhne cuspair. | Thèid teachdaireachdan coitcheann a chlàradh sa Ghàidhlig a-mhàin airson freagairt air puist-d bho thaobh a-staigh, agus gu dà-chànanach air puist-d bho a-muigh. | Oifigear Leasachaidh Cànan | Leantainneach |



| 2.2.5 Foirmichean | | | | |
|--|--|--|----------------------|--------------------|
| Amas | An suidheachadh an-dràsta | Puingean gnìomha pragtaigeach | Neach an urra | Ceann-latha |
| (a) Bidh Rianachd na Colaiste a' cleachdadh Gàidhlig a-mhàin air foirmichean is fiosrachadh na Colaiste. | Tha na foirmichean uile dà-chànanach no Gàidhlig. | Ag atharrachadh fhoirmichean dà-chànanach gu foirmichean aon-chànanach le lethbhreac dà-chànanach air Dràibh-G | Stiùiriche Corporra | Leantainneach |
| (b) (i) Uair sam bith a dh'fheumas dreach Beurla de rudeigin a sholaradh, thèid an leughadair a chur gu faidhle ann an cruth dà-chànanach a gheibhear air Dràibh-G na Colaiste, .i. cha tèid a sgaoileadh air an dòigh àbhaistich. (ii) San fharsaingeachd, bhiodh stuth a bha air tighinn a-steach bho thaobh a-muigh na Colaiste na mhura-bhith, mura bi cothrom ann a' Ghàidhlig a chur air an toiseach. (iii) 'S ann ann an càraidhean air leth sònraichte a-mhàin, m.e. gu daoine aig nach robh cothrom air goireasan coimpiutair na Colaiste, a bhiodh dùil gun sgaoilear stuth dà-chànanach ann an cruth cruaidh. | Tha measgachadh ann an-dràsta de phoileasaidhean is foirmichean Gàidhlig, dà-chànanach agus Beurla a-mhàin. Tha lethbhreacan cruaidh san Leabharlann agus san Oifis Rianachd agus tha iad measgaichte cuideachd. | Thèid Leabhar-làimhe na Colaiste a sgaoileadh sa Ghàidhlig a-mhàin agus gu dà-chànanach gu luchd-obrach aig nach eil Gàidhlig gu leòr gus an tuigsinn. Thèid dreach dà-chànanach a chumail air Dràibh-G. | Stiùiriche Corporra | Leantainneach |
| (c) Bidh poileasaidhean agus modhan-obrach na Colaiste an dà chuid (i) ann an cruth Gàidhlig a-mhàin, agus (ii) ann an cruth dà-chànanach. Gheibhear seòrsa (ii) air Dràibh-G na Colaiste a-mhàin. | Tha poileasaidhean agus modhan-obrach dà-chànanach | Leanaidh sinn oirnn le seo. | Stiùiriche Corporra | Leantainneach |



| | | | | |
|--|--|--|--|--|
| | | | | |
|--|--|--|--|--|

| 2.2.6 Modhan gearain | | | | |
|--|----------------------------------|--------------------------------------|----------------------|--------------------|
| Amas | An suidheachadh an-dràsta | Puingean gnìomha pragtaigeach | Neach an urra | Ceann-latha |
| Bidh cothrom aig duine gearan a thogail sa Ghàidhlig no sa Bheurla a rèir an comasan agus nan siostaman a tha stèidhichte. | Bidh seo a' tachairt a-cheana | Ri chur ris a' phoileasaidh. | Stiùiriche Corporra | Leantainneach |



2.3 Luchd-obrach

Mar àite-obrach làn-Ghàidhlig, tha Sabhal Mòr Ostaig ag amas air àm nuair a bhios a' Ghàidhlig aig gach neach-obrach gus an tèid aig a' Cholaiste air gach seirbheis aice a thoirt seachad anns a' Ghàidhlig. Chan e dìreach gum bi na comasan aig daoine ach gun dèanar soilleir gu bheileas deònach a' Ghàidhlig a chleachdadh agus gu bheileas a' sealltainn seasamh brosnachail do luchd-ionnsachaidh. Leis a' phoileasaidh fastaidh agus prògram leasachadh sgilean cànan, misneachd agus deòin an luchd-obrach air fad, cruthaichear bun-stèidh dhan amas sin.

| 2.3.1 Trèanadh | | | | |
|---|--|--|----------------------|--------------------|
| Amas | An suidheachadh an-dràsta | Puingean gnìomha pragtaigeach | Neach an urra | Ceann-latha |
| (a) Bidh a' Cholaiste a' tabhann trèanadh sa Cholaiste tro mheadhan na Gàidhlig far a bheil e comasach neach-trèanaidh le Gàidhlig fhaighinn. | Tha sinn a' feuchainn ris a h-uile thrèanadh riatanach a libhrigeadh san dà chànan air taobh a-staigh na colaiste le luchd-obrach. | Feuchainn ri barrachd luchd-trèanaidh Gàidhlig fhaighinn | Stiùiriche Corporra | Leantainneach |
| (b) Mura faighear lorg air cuideigin bho thaobh a-muigh na Colaiste a nì cursa trèanaidh tro mheadhan na Gàidhlig, uidheamaichidh a' Cholaiste duine/daoine sa Cholaiste fhèin gus an cùrsa a libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig air an dàrna turas ma tha sin comasach a thaobh cuspair. | Thachair seo airson dà chùrsa – Co-ionannachd agus Dìon Chloinne. | Trèanadh air libhrigeadh trèanaidh dhreuchdail tro mheadhan na Gàidhlig airson dithis no thriùir den luchd-obrach airson a h-uile trèanadh far a bheil seo comasach. | Stiùiriche Corporra | Leantainneach |



| 2.3.2 Ionnsachadh cànan | | | | |
|---|--|---|----------------------|--|
| Amas | An suidheachadh an-dràsta | Puingean gnìomha pragtaigeach | Neach an urra | Ceann-latha |
| (a) Cuirear cuideam air poileasaidh cànan agus cleachdadh na Gàidhlig air àrainn na colaiste ann an cùmhnantan luchd-obrach, gus am bi fhios aca gum bithear an dùil gun cleachd iad a' Ghàidhlig air feadh na Colaiste a rèir an comasan | Tha sinn a' soilleireachadh amasan na Colaiste mus tòisich neach aig a' cholaiste agus ann an luachadh obrach bliadhna. | Leanaidh sinn oirnn le seo | Stiùiriche Corporra | Leantainneach |
| (b) Thathas an dùil gum bi luchd-obrach nach eil fileanta a' leasachadh an cuid chomasan sa chànan. | Tha sinn a' tabhann chlasaichean do luchd-obrach aig diofar ìrean Tha sinn a' brosnachadh luchd-obrach gus Gàidhlig a chleachdadh le clasaichean agus sgeamannan cànan agus le bhith a' cruthachadh chothroman bruidhinn. | Cruthachadh poileasaidh a nì cinnteach gum faigh luchd-obrach nach eil fileanta clasaichean iomchaidh taobh a-staigh nan uairean obrach aca. Gheibh gach neach-obrach ùr agus làithreach faclair Gàidhlig. | Stiùiriche Corporra | An Lùnastal 2017 |
| (c) Gheibh adhartas anns a' Ghàidhlig àite ann an luachadh obrach bliadhna. | Tha e mar phrìomh àite anns an luachadh luchd-obrach agus chan eil sin iomchaidh do gach neach. | Thèid ceisteachain cànan a chleachdadh sna measaidhean-obrach gach bliadhna. Thèid ìre adhartas sa Ghàidhlig a cheangal ri ìre tuarastail. Thèid prìomhachas a chur air adhartas sa chànan don luchd-obrach nach eil fileanta fhathast. | Stiùiriche Corporra | Leantainneach Am Faoilleach 2018 An Cèitean 2017 |
| (d) Neach-obrach sam bith a bhios | Tha sinn soirbheachail leis an sgeama | Bithear a' feuchainn ri co-dhiù 10 | Stiùiriche Corporra | Leantainneach |



| | | | | |
|--|--|--|--|------------------|
| airson modal a dhèanamh, bidh aca ri suim airgid a phàigheadh (£50) a gheibhear air ais an dèidh na measaidhean a dhèanamh. | seo. | luchd-obrach a chlàradh air modalan na Colaiste gach bliadhna acadaimigeach. | | |
| (e) Gheibh luchd-obrach a tha ag ionnsachadh aig ìre a' Chùrsa Inntrigidh cothrom de chlasaichean Gàidhlig agus duais airson crìoch a chur air gach earrann. | Tha cothrom aig luchd-obrach nach eil fileanta fhathast air uair de thìde de chlasaichean Gàidhlig aig diofar ìrean. | Dealbhachadh cùrsa ùr stèidhichte air a' Chùrsa Inntrigidh airson libhrigeadh aghaidh-ri-aghaidh a ghabhas a chleachdadh airson clasaichean-obrach, dà uair a thìde gach seachdain | Ceannard Roinn an Fhoghlaim | An Lùnastal 2017 |
| | Thèid clasaichean a theagasg le luchd-teagaisg ma tha beàrnan sa chlàr-ama aca. | Thèid na clasaichean fhighe a-steach dhan chlàr-ama gus am bi iad aig àm agus an neach-teagaisg freagarrach don luchd-obrach. | Ceannard Roinn an Fhoghlaim Oifigear Leasachaidh Cànan Manaidsear Aoigheachd | An Lùnastal 2018 |
| | Thèid luchd-obrach a bhrosnachadh gus cùrsaichean a dhèanamh agus gheibh iad 2 uair a thìde rè nan uairean obrach. | Brosnachadh luchd-obrach gus an Cùrsa Inntrigidh a dhèanamh agus 4 uair a thìde pàighte a thoirt dhaibh airson seo gach seachdain. | Oifigear Leasachaidh Cànan Manaidsear Aoigheachd | An Lùnastal 2018 |
| | Chan eil duais airgid no àrdachadh tuarastail ceangailte ri adhartas sa Ghàidhlig. | Nuair a chuireas cuideigin crìoch air a' chùrsa inntrigidh, gheibh iad àrdachadh de 2 cheum air an sgèile tuarastail. | Stiùiriche Corporra, ceannardan roinne | Leantainneach |
| | Tha cuid de luchd-obrach air a bhith a' frithealadh chùrsaichean oidhche anns a' choimhearsnachd. | Thèid luchd-obrach a bhrosnachadh gus pàirt a ghabhail ann an clasaichean oidhche anns a' choimhearsnachd. | Stiùiriche Corporra, ceannardan roinne | Leantainneach |
| | Gheibh luchd-obrach cothrom cùrsa | Bidh luchd-obrach a' dèanamh dà | Ceannardan Roinne | Am Faoilleach |



| | | | | |
|---|---|--|--|--|
| | <p>goirid a dhèanamh ma leigeas na h-uallaichean obrach leotha.</p> <p>Tha luchd-obrach gu tric ro thrang gus clasaichean a fhrithealadh</p> <p>Tha sinn a’ deasachadh dhuilleagan le abairtean a tha feumail do shuidheachadh obrach sa chidsin.</p> | <p>chùrsa goirid gun chosgais gach bliadhna gun bhuaidh air na saor-làithean aca.</p> <p>Dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach gu leòr anns gach roinn gus am bi cothrom aig a h-uile neach clasaichean a dhèanamh mar a tha còr aca.</p> <p>Deasaichidh sinn duilleagan de dh’abairtean feumail agus faidhlichean fuaime a rèir feumalachdan an luchd-obrach</p> | <p>Stiùiriche Corporra</p> <p>Manaidsear Aoiigheachd Stiùiriche Corporra</p> <p>Oifigear Leasachaidh Cànan</p> | <p>2018</p> <p>An Gearran 2019</p> <p>An Cèitean 2017</p> |
| (f) Gheibh daoine aig ìre cùrsa comais cothrom an cuid Gàidhlig a leasachadh gu ìre fileantachd. | <p>Tha cothrom aig daoine an Cùrsa Adhartais a dhèanamh agus gheibh iad 2 uair a thìde taobh a-staigh uairean obrach</p> <p>Tha cothrom aig luchd-obrach an Cùrsa Comais a dhèanamh ach chan fhaigh iad tuarastal.</p> <p>Gheibh luchd-obrach cothrom cùrsa goirid a dhèanamh gach bliadhna an asgaidh.</p> | <p>Thèid luchd-obrach a bhrosnachadh gus an Cùrsa Adhartais a dhèanamh agus gheibh iad 4 uair a thìde pàighte airson sin agus àrdachadh aon cheum air an ìre tuarastail.</p> <p>Cothrom a thoirt do aon neach obrach gach bliadhna gus an Cùrsa Comais a dhèanamh fhad ’s a gheibh iad leth phàirt den tuarastal aca.</p> <p>Gheibh luchd-obrach cothrom dà chùrsa goirid an-asgaidh gach bliadhna gun bhuaidh air na saor-làithean aca.</p> | <p>Stiùiriche Corporra, ceannardan roinne</p> <p>Stiùiriche Corporra</p> <p>Stiùiriche Corporra, ceannardan roinne</p> | <p>An Lùnastal 2017</p> <p>An Iuchar 2018</p> <p>Leantainneach</p> |
| (g) Bidh gach neach-obrach a’ lìonadh ceisteachan mu na sgilean agus feumalachdan cànan aice/aige | <p>Chaidh aontachadh ri ceisteachan a chaidh a chleachdadh sa Chèitean 2011 airson na ciad uarach agus</p> | <p>Tha sinn dol a’ sgaoileadh a’ cheisteachan dà thuras rè a’ phlana agus cumar sùil air adhartas is ìrean</p> | <p>Stiùiriche Corporra Ceannardan Roinne Oifigear Leasachaidh Cànan</p> | <p>Leantainneach</p> |



| | | | | |
|--|---|--|--|---------------|
| gach luachadh bliadhna, a thèid a thilleadh gu Oifigear Sgiobachd na Colaiste ach an tèid in-sgrùdadh cànanach a dhèanamh air. | chaidh a lìonadh 3 turasan gu ruige seo. 'S e dùbhlann a th' ann a bhith a' faighinn a h-uile foirm air ais. | tron shiostam luachaidh bhliadhna. | | |
| (h) Bidh sinn a' leudachadh sgeama caraidean cànan | Tha caraidean cànan aig cuid mhath de dh'òileanaich is cuid den luchd-obrach nas adhartach. | Gheibh gach neach-obrach brosnachadh cunbhalach gus caraid-cànan fhaighinn. | Oifigear Leasachaidh Cànan Ceannardan Roinne | Leantainneach |
| (i) Bidh fàilte ro luchd-obrach aig tachartasan Gàidhlig gus an cuid Gàidhlig a thoirt air adhart | Tha fàilte ro luchd-obrach aig a' mhòr-chuid de thachartasan, ach uaireannan tha iad aig ìre ro àrd do luchd-ionnsachaidh aig ìre tòiseachaidh. | Cuiridh sinn air dòigh aon tachartas gach semester a tha freagarrach do luchd-ionnsachaidh aig gach ìre. | Oifigear Leasachaidh Cànan | Leantainneach |
| (j) Bidh sinn a' leasachadh misneachd an luchd-obrach gus Gàidhlig a chleachdadh aig an àite-obrach a rèir an sgìlean. | Tha clasaichean Gàidhlig aig luchd-obrach ach ged a bhios gu tric sgìlean cànan aca, chan eil an-còmhnaidh misneachd aca an cleachdadh | Dealbhachaidh sinn cùrsa misneachd do luchd-obrach ann an co-obrachadh le eòlaichean. | Oifigear Leasachaidh Cànan | Am Màrt 2018 |



| 2.3.3 Ceannas | | | | |
|---|--|---|---|--------------------|
| Amas | An suidheachadh an-dràsta | Puingean gnìomha pragtaigeach | Neach an urra | Ceann-latha |
| (a) A thaobh feallsanachd is poileasaidh cànan na Colaiste, bidh dùil ri stiùireadh làidir bho Phrionnsapal, Stiùirichean agus Cheannardan Roinne na Colaiste. | Tha Prionnsapal, Stiùirichean agus Cinn-roinne na Colaiste a' leantainn feallsanachd is poileasaidh cànan na Colaiste agus ga thaisbeanadh gu follaiseach dhan luchd-obrach agus na h-oileanaich | Cumaidh sinn a' dol le seo gu cunbhalach agus gu moiteil. | Prionnsapal | Leantainneach |
| (b) Coinnichidh am Prionnsapal ris an Oifigear Leasachaidh Cànan gach seamstair gus suidheachadh na Gàidhlig sa Cholaiste a mheas. | Tha seo a' tachairt agus tha e air a bhith glè fheumail. | A' cumail a' dol le seo. | Oifigear Leasachaidh Cànan, Prionnsapal | Leantainneach |
| (c) Coinnichidh Ceannardan Roinne ris an Oifigear Leasachaidh Cànan gach seamstair gus suidheachadh na Gàidhlig sna roinnean aca fhèin a mheas agus plana gnìomha a chur ri chèile. | Tha seo a' tachairt agus tha e air a bhith glè fheumail. | A' cumail a' dol le seo. | Oifigear Leasachaidh Cànan, Ceannardan Roinne | Leantainneach |
| (d) Coinnichidh Riochdairean Comann nan Oileanach ris an Oifigear Leasachaidh Cànan gach seamstair gus suidheachadh na Gàidhlig am measg nan oileanach a mheas agus plana gnìomha a chur ri chèile. | Coinnichidh an t-Oifigear Leasachaidh Cànan ri oileanaich gu neo-fhoirmeil rè na bliadhna acadaimigeach agus nuair a bhios tachartasan Gàidhlig gan cur air dòigh. | Coinnichidh iad gus co-obrachadh a stèidheachadh agus taic a thoirt dha chèile le tachartasan, puingean practaigeach a thaobh cleachdadh cànan agus ceistean poileasaidh is cùmhnant Gàidhlig | Oifigear Leasachaidh Cànan, Riochdairean Comann nan Oileanach | Sultain 2018 |
| 2.3.4 Fastadh | | | | |
| Amas | An suidheachadh an-dràsta | Puingean gnìomha pragtaigeach | Neach an urra | Ceann-latha |



| | | | | |
|--|--|--|--|---|
| <p>(a) Cuirear poileasaidh fastaidh ri chèile ach am bi a' Cholaiste ag amas air àm nuair a bhios (i) a' Ghàidhlig aig luchd-obrach uile na Colaiste agus (ii) sgilean Gàidhlig aig luchd-obrach mus tòisich iad aig a' Cholaiste.</p> | <p>Tha a' Ghàidhlig riatanach sa h-uile dreuchd sa Cholaiste aig ìre fastaidh ach do luchd-taic cidsin agus luchd-glanaidh.</p> <p>Do luchd-taic-cidsin agus luchd-sgioba glanaidh, tha Gàidhlig miannaichte, agus e riatanach gum bi daoine deònach a h-ionnsachadh is a cleachdadh.</p> <p>Tha Gàidhlig riatanach do mhanaidsearan agus leas-mhanaidsearan anns a h-uile roinn.</p> <p>Tha a' mhòr-chuid sna roinnean seo a' dèanamh adhartas ged a tha bruthadh obrach uaireannan gan cumail air falbh bho chlasaichean</p> <p>Thèid cuideam àrd a chur air na cothroman Gàidhlig ionnsachadh agus a chleachdaidh mus tèid luchd-obrach fhastadh.</p> <p>Thèid feallsanachd na Colaiste a mhìneachadh do thagraichean aig amannan nan agallamhan.</p> | <p>Nithear oidhirp gus luchd-obrach a lorg aig a bheil Gàidhlig aig ìre conaltraidh.</p> <p>Bithear a' fàstadh luchd-obrach a tha air tòiseachadh air Gàidhlig ionnsachadh agus aig a bheil ùidh mhòr gus fàs fileanta sa Ghàidhlig far a bheil e comasach.</p> <p>Cumaidh sinn a' dol le seo.</p> <p>Nithear leasachadh air an structar obrach agus àireamh an luchd-obrach gus cothrom a thoirt don a h-uile duine dol gu clasaichean.</p> <p>Cumaidh sinn a' dol le seo.</p> <p>Cumaidh sinn a' dol le seo.</p> | <p>Ceannardan Roinne</p> <p>Ceannardan Roinne, Stiùiriche Corporra</p> <p>Ceannardan Roinne, Stiùiriche Corporra</p> <p>Ceannardan Roinne, Stiùiriche Corporra</p> <p>Ceannardan Roinne, Stiùiriche Corporra</p> <p>Ceannardan Roinne, Stiùiriche Corporra</p> | <p>Leantainneach</p> <p>Leantainneach</p> <p>Leantainneach</p> <p>Leantainneach</p> <p>Leantainneach</p> <p>Leantainneach</p> |
| <p>(b) Thèid adhartas ann an sgilean Gàidhlig aithneachadh ann an ìre thuarastail.</p> | <p>Gu ruige seo, chan eil adhartas sa Ghàidhlig ceangailte ri ìre àrdachaidh thuarastail, mar a tha sgilean eile.</p> | <p>Thèid ìre na Gàidhlig agus adhartais gam meas mar sgit obrach sam bith eile agus a cheangal ri ìrean</p> | <p>Stiùiriche Corporra</p> | <p>An Dùbhlachd 2018</p> |



| | | | | |
|---|--|--|---------------------------------------|---------------|
| | | àrdachaidh tuarastail. | | |
| (c) Mura cleachd neach-obrach a' Ghàidhlig air àrainn na Colaiste gheibh iad tuilleadh brosnachaidh agus bheirear fan comhair feallsanachd na colaiste. | Tha sinn a' brosnachadh gach neach obrach gus Gàidhlig a chleachdadh cho math as urrainn dhaibh agus na clasaichean iomchaidh fhrithealadh | Bheirear misneachd dhan luchd-obrach agus cuirear air dòigh plana obrach pearsanta gus cleachdadh na Gàidhlig àrdachadh. | Stiùiriche Corporra Ceannardan Roinne | Leantainneach |

| 2.3.5 Sanasachd | | | | |
|--|---|--|---|--------------------|
| Amas | An suidheachadh an-dràsta | Puingean gnìomha pragtaigeach | Neach an urra | Ceann-latha |
| (a) Bidh margaideachd is sanasachd ceangailte ris a' Cholaiste a' nochdadh poileasaidh cànan na Colaiste gu làidir, ag ùisneachadh cleachdadh na Gàidhlig sa Cholaiste mar adhbhar-ceannaich sònraichte agus mar adhbhar-moit do mhuintir na Colaiste. | Thathar a' cur cuideim air àrainneachd làn-Ghàidhlig agus obair-bhuidhne nuair a bhithear a' tadhal air sgoiltean/buidhnean. | Cumaidh sinn a' dol le seo | Manaidsear Margaideachd | Leantainneach |
| | Tha stuthan fiosrachadh a gheibh oileanaich mus tig iad dhan Cholaiste a' soilleireachadh gu bheil cuideam ga chur air cleachdadh na Gàidhlig sa Cholaiste. | Cumaidh sinn a' dol le seo | Manaidsear Margaideachd Oifigeir Leasachaidh Cànan | Leantainneach |
| (b) Sgaoilear feallsanachd poileasaidh cànan na Colaiste am broinn na Colaiste fhèin air feadh na bliadhna. | Thòisich seo am-bliadhna leis an Oifigeir Leasachaidh Cànan a' tadhal air a h-uile clas agus a' cumail dheasbadaidh le oileanaich. | Cuirear seiseanan air dòigh tràth sa bhliadhna airson fiosrachadh air feallsanachd na Colaiste a dhaingneachadh. | Oifigeir Leasachaidh Cànan, Manaidsear Margaideachd | Leantainneach |
| (c) Cumaidh a' Cholaiste ris a' phrionnsapal gum bu chòir sanasachadh sna pàipearan is eile a bhith sa Ghàidhlig a-mhàin, mar as trice, a rèir feuma. | Tha seo a' tachairt a-cheana. | A' cumail a' dol le seo. | Manaidsear Margaideachd | Leantainneach |
| (d) Thèid obraichean a shanasachadh | Bithear a' sanasachadh dreuchdan | A' cumail a' dol ag obair a | Ceannardan Ghnothaichean | Leantainneach |



| | | | | |
|--|---|---|---|----------------------|
| <p>sa Ghàidhlig a-mhàin.</p> | <p>aig a' Cholaiste sa Ghàidhlig ach dreuchdan luchd-taic a' chidsin agus luchd-taic glanaidh. Ged a bhios an fheadhainn seo dà-chànanach, bithear a' cur cuideam air deòin Gàidhlig ionnsachadh agus a chleachdadh.</p> <p>Thèid sanas dà-chànanach a sgaoileadh airson Neach-Ealaine ach 's e dreuchd shònraichte a tha seo air a maoinachadh le Alba Chruthachail.</p> | <p>dh'ionnsaigh sgioba Gàidhlig gus nach bi feum air luchd-obrach aig nach eil Gàidhlig fhastadh.</p> <p>Sanasan Gàidhlig a-mhàin airson nan dreuchdan sin a shanasachadh ann an àiteannan Gàidhlig, .i. oilthighean, buidhnean Gàidhlig agus irisean Gàidhlig.</p> | <p>Corporra</p> <p>Oifigear Leasachaidh Ealaine</p> | <p>Leantainneach</p> |
| <p>(e) Feumar cead a' Phrionnsapail fhaighinn gus a' Bheurla a chleachdadh ann an sanasachadh ach, fiù 's le sin, cleachdar barrachd Gàidhlig na Beurla.</p> | <p>Tha na sanasan dà-chànanach airson dreuchdan Roinn na h-Aoigheachd agus Alba Chruthachail aontaichte leis a' Phrionnsapal.</p> | <p>A' feuchainn gun sanasan sam bith eile a sgaoileadh san dà-chànan.</p> | <p>Ceannardan Ghnothaichean Corporra</p> | <p>Leantainneach</p> |



2.4 Foillseachaidhean

Thathas mothachail air cho cudromach is a tha e gu bheil a' Ghàidhlig follaiseach ann an stuthan foillsichte agus gum bi faotainneachd na Gàidhlig a' leudachadh. Le foillseachaidhean sa Ghàidhlig, tha sinn airson inbhe a' chànain a thogail agus cothrom a thoirt do dhaoine dreachan Gàidhlig a chleachdadh gu làitheil.

| 2.4.1 Dàimh phoblach agus na meadhanan | | | | |
|---|--|--------------------------------------|---|--------------------|
| Amas | An suidheachadh an-dràsta | Puingean gnìomha pragtaigeach | Neach an urra | Ceann-latha |
| Bidh dùil gum bi Sabhal Mòr Ostaig aithnichte mar Ionad Nàiseanta airson Cànan agus Cultar na Gàidhlig agus gun tèid iomhaigh na Colaiste àrdachadh an dà chuid am measg luchd-labhairt na Gàidhlig agus chànanan eile. | Thathar a' sgaoileadh feallsanachd, amasan agus goireasan na Colaiste air feadh na dùthcha. | Cumaidh sinn a' dol le sin | Manaidsear Margaideachd | Leantainneach |
| | Bheirear trèanadh do luchd-obrach na Colaiste ann a bhith a' dèiligeadh ris na meadhanan. | Cumaidh sinn a' dol le sin | Manaidsear Margaideachd | Leantainneach |
| | Barrachd naidheachdan mun Cholaiste sna pàipearan-naidheachd. | Cumaidh sinn a' dol le sin | Manaidsear Margaideachd | Leantainneach |
| | Cuiridh sinn pìos do luchd-ionnsachaidh gach seachdain agus artaigil mòr gach seachdain ann an co-obrachadh le buidhnean eile anns an <i>Albannach</i> . | Cumaidh sinn a' dol le sin | Am Prionsapal Oifigear Leasachaidh Cànan | Leantainneach |

| 2.4.2 Stuth clò-bhuailte | | | | |
|--|---|---|-------------------------|--------------------|
| Amas | An suidheachadh an-dràsta | Puingean gnìomha pragtaigeach | Neach an urra | Ceann-latha |
| Cuiridh stuth clò-bhuailte ri cliù na Colaiste agus e a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig le bhith a' sanasachd agus a' sgaoileadh fios sa | Tha sanasan, bileagan fiosrachaidh agus brathan-naidheachd dà-chànanaich a' dol a-mach mar-thà. | A' cumail a' dol le seo, ga leudachadh far a bheil e iomchaidh. | Manaidsear Margaideachd | Leantainneach |



| | | | | |
|------------|--|--|--|--|
| Ghàidhlig. | | | | |
|------------|--|--|--|--|

| 2.4.3 Làrach-lìn & Meadhanan Sòisealta | | | | |
|---|---|--|---|---|
| Amas | An suidheachadh an-dràsta | Puingean gnìomha pragtaigeach | Neach an urra | Ceann-latha |
| (a) Air làraich-lìn na Colaiste, thèid feallsanachd na Colaiste a riochdachadh do dh'oileanaich agus luchd-tadhail mar Ionad Nàiseanta airson Cànan agus Cultar na Gàidhlig aig a bheil glèidheadh agus brosnachadh na Gàidhlig mar phrìomh amas. | Tha làrach-lìn na colaiste dà-chànanach, a' Ghàidhlig a' nochdadh an toiseach, no sa Ghàidhlig a-mhàin far a bheil seo iomchaidh. Bidh fiosrachadh, naidheachdan ùra agus tachartasan a' dol suas air an làrach-lìn. | A' cumail a' dol le seo, a' dèanamh leasachaidhean far am bi feum. | Manaidsear Margaideachd | Leantainneach |
| (b) Air na meadhanan sòisealta thèid feallsanachd na Colaiste a riochdachadh gu brosnachail agus gu moiteil | Thèid postaichean air na meadhanan sòisealta a sgrìobhadh dà-chànanach no far a bheil e iomchaidh sa Ghàidhlig a-mhàin. | Cumaidh sinn a' dol le seo. | Manaidsear Margaideachd | Leantainneach |
| (c) Nì sinn deagh eisimpleir de chunbhalachd na Gàidhlig le bhith a' sgrìobhadh teacsaichean air an làrach-lìn agus postaichean air na meadhanan sòisealta a rèir GOC, a' dearbhadh gu bheil iad ceart a rèir gràmair agus litreachaidh. | Thèid teacsaichean air an làrach-lìn a dhearbhadh, ach chan eil siostam air dòigh airson nam meadhanan sòisealta. | Aontachadh air neach a dheasaicheas postaichean air na meadhanan sòisealta ann an dòigh èifeachdach Aontachadh air stoidhle agus ìre gràmair airson gach meadhan sòisealta. Trèanadh do dhaoine a chuireas suas postaichean air na meadhanan sòisealta a' togail aire air stoidhlichean, ceart-sgrìobhadh agus dèiligeadh ri gearanan mun leithid. | Manaidsear Margaideachd Oifigear Leasachaidh Cànan Oifigear Leasachaidh Cànan | An Giblean 2017 An Cèitean 2017 Leantainneach |



| | | | | |
|--|---|--|----------------------------|-----------------|
| | | Leasachadh sgilean sgrìobhaidh an luchd-obrach. | Stiùiriche Corporra | Leantainneach |
| (d) Thèid postaichean air duilleagan poblach air na meadhanan sòisealta me. Comann nan Oileanach, a sgrìobhadh sa Ghàidhlig a-mhàin. | Tha measgachadh de Bheurla agus Gàidhlig air duilleagan nam meadhanan sòisealta | Trèanadh do dh'oilleanaich is luchd-obrach air cleachdadh duilleagan poblach na Colaiste air na meadhanan sòisealta. | Oifigear Leasachaidh Cànan | An Sultain 2017 |

| 2.4.4 Clò Ostaig | | | | |
|--|---|--------------------------------------|------------------------|--------------------|
| Amas | An suidheachadh an-dràsta | Puingean gnìomha pragtaigeach | Neach an urra | Ceann-latha |
| Bidh Clò Ostaig na chlà Gàidhlig airson stuth acadaimigich. Bidh foillseachaidhean Gàidhlig a' toirt a-steach measgachadh de stuth Gàidhlig is Beurla air uairean, mar a bhitheadh airson pàipearan co-labhairt, mar eisimpleir. | Rinneadh 4 tiotalan bho shean nach eil tuilleadh an clò. Tha 5 tiotalan an clò an-dràsta agus aonan sa phìob; agus tha còmhradh a' dol mu bhith a' cur aonan de na seann tiotalan an clò uair eile. | A' cumail a' dol le seo. | Stiùiriche Chlà Ostaig | Leantainneach |



2.5 Luchd-tadhail

Tha goireasan Shabhal Mòr Ostaig tarraingeach do bhuidhnean air feadh an t-saoghail gus co-labhairtean a chumail ann, ealain a thaisbeanadh no cùrsaichean a fhrithealadh. Chan ann dìreach ceangailte ris a' Ghàidhlig a bhios gach buidheann, ach bithear a' gabhail a' chothruim air a' Ghàidhlig a dhèanamh follaiseach agus tarraingeach do bhuidhnean mar sin. A bharrachd air sin, thathas airson àrainneachd bhrosnachail a chruthachadh do luchd-ionnsachaidh a thig dhan Cholaiste air cùrsaichean goirid ge b' e an e cùrsa Gàidhlig no cùrsa eile a bhios iad a' frithealadh.

| 2.5.1 Cùrsaichean goirid | | | | |
|--|--|--|---|--------------------|
| Amas | An suidheachadh an-dràsta | Puingean gnìomha pragtaigeach | Neach an urra | Ceann-latha |
| (a) Bidh cùrsaichean goirid a' togail aire an luchd-oide agus nan oileanach a thaobh mothachadh agus leasachadh cànan fhad 's a bhios iad aig a' Cholaiste, a bharrachd air ionnsachadh cànan. | Bidh luchd-ionnsachaidh air cùrsaichean goirid Gàidhlig a' sùileachadh ri àrainneachd Ghàidhlig mar as trice, fhad 's a bhios feadhainn air cùrsaichean eile (m.e. ceòl) a' sùileachadh ri àrainneachd Bheurla mar as trice. | Cumail a' dol le seo | Ceannard nan Cùrsaichean Goirid, Oifigear Leasachaidh Cànan | Leantainneach |
| | Bidh sinn a' soilleireachadh suidheachadh agus feallsanachd na Colaiste do mhuinntir nan cùrsaichean goirid gu moiteil agus gu h-in-ghabhalach, le bileagan fiosrachaidh ro làimh agus seisean intrigidh mus tòisich an cùrsa. | Cumail a' dol le seo | Ceannard nan Cùrsaichean Goirid, Oifigear Leasachaidh Cànan | Leantainneach |
| | Seisean mothachadh cànan air oidhche tron t-seachdain. | Cumail a' dol le seo | Ceannard nan Cùrsaichean Goirid, Oifigear Leasachaidh Cànan | Leantainneach |
| | Bidh seiseanan cànan gan cur air dòigh ma tha na h-oileanaich gan iarraidh. | Seisean cànan/cainnt (cothrom blasaid ceangailte ri ionnsramaid) aig àm lòn/air an oidhche dhan fheadhainn aig a bheil ùidh. | Ceannard nan Cùrsaichean Goirid, Oifigear Leasachaidh Cànan | Leantainneach |



| | | | | |
|---|--|--|---|--|
| (b) Bidh oileanaich nan Cùrsaichean Goirid a' faighinn cothrom an cuid Gàidhlig a chleachdadh às dèidh dhaibh fàgail (Leudachadh cothroman cleachdaidh, brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig) | Thòisich sinn an sgeama charaidean-cànain a leudachadh dha oileanaich nan Cùrsaichean Goirid ann an 2015 | Cur fiosrachadh mu charaidean-cànain gu oileanaich nan Cùrsaichean Goirid aig àm a' chlàraidh Cur fiosrachadh thuca a-rithist aig àm an inntigidh Luchd-teagaisg nan Cùrsaichean Goirid ag innse mu bhuannachd charaidean-cànain | Ceannard nan Cùrsaichean Goirid Oifigear Leasachaidh Cànain Ceannard nan Cùrsaichean Goirid, Luchd-teagaisg | Leantainneach Leantainneach Am Màrt 2017 |
| (c) Bidh Cùrsaichean Goirid a' brosnachadh iomadachd agus mothachadh air dhiofar dhualchainntean agus chultairean agus a' toirt aire air ceart-sgrìobhadh is gràmar | | Luchd-teagaisg a' togail mothachadh air diofar dhualchainntean agus air diofar stoidhlichean sgrìobhaidh. Bidh luchd-teagaisg a' teagasg a rèir riaghailtean GOC agus a' togail mothachadh air dòighean diofraichte. | Ceannard nan Cùrsaichean Goirid, Ceannard nan Cùrsaichean Goirid, | Am Màrt 2018 Am Màrt 2018 |
| (d) Teagasg brosnachadh na Gàidhlig/sòisio-cànanachas a bharrachd air sgilean cànain | | Bidh cuspairean sòisio-cànanach gam fighe a-steach dhan teagasg. | Ceannard nan Cùrsaichean Goirid, | Am Màrt 2018 |
| (e) Bidh Cùrsaichean Drochaid ag ullachadh oileanaich air a bheil sgilean cànain a dhìth airson cùrsa. | Cùrsa drochaid do sgoilearan a tha am beachd tòiseachadh mar oileanaich. | Cruthaichidh sinn Cùrsa drochaid an urra do dh'oileanaich a thig air a' Chùrsa Comais no Gàidhlig agus Conaltradh | Stiùiriche an Fhoghlaim | An Ògmhios 2017 |

2.5.2 Co-labhairtean

| Amas | An suidheachadh an-dràsta | Puingean gnìomha pragtaigeach | Neach an urra | Ceann-latha |
|--|--|--|--------------------------|---------------|
| (a) Thèid a' Cholaiste a' riochdachadh mar àite làn-Ghàidhlig do dhuine no | Bidh sinn a' soilleireachadh suidheachadh is feallsanachd na | Leudachadh seo agus brosnachadh bhuidhnean gus seisean cànain no | Ceannard Roinn Aogheachd | Leantainneach |



| | | | | |
|--|---|--|---|---|
| do bhuidhinn sam bith a thig a chleachdadh goireasan na Colaiste. | Colaiste do mhuinntir nan co-labhairtean gu moiteil agus gu h-inghabhalach, le bileagan fiosrachaidh ro làimh agus nuair a bhruidhneas sinn riutha sa chiad dol a-mach. | mothachadh cànan a chur anns a' phrògram aca. Cur fios dhan oifigear leasachaidh cànan mu bhuidhnean a thig gus am bruidhinn i riutha mu fheumalachdan agus ùidhean na buidhne a thaobh na Gàidhlig. | Ceannard Roinn Aoi gheachd | An Giblean 2017 |
| (b) Thèid tachartasan aig buidhnean agus luchd-tadhail bho thaobh a-muigh na Colaiste a shanasachadh agus a thaisbeanadh anns a' Cholaiste fhèin tron Ghàidhlig, aig a' char as lugha le bhith a' cleachdadh na Gàidhlig os cionn no ri taobh na Beurla ann an sanasan, bileagan fiosrachaidh, clàran-bidhe 7c a thèid a sgaoileadh anns a' Cholaiste. | Cleachdaidh cuid de bhuidhnean soidhnichean dà-chànanach. | Bithear a' brosnachadh bhuidhnean aig a' chiad choinneimh gus soidhnichean co-dhiù dà-chànanach a chleachdadh airson nan tachartasan aca. Bheirear eadar-theangachadh dhaibh mas e sin na tha a dhith Ullaichidh an luchd-fàilteachaidh soidhnichean (sealach) sam bith dhaibh a tha a dhith airson sheòmraichean, thachartasan 7c | Manaidsear Aoi gheachd Manaidsear Aoi gheachd Luchd-fàilteachaidh | An Giblean 2017 An Giblean 2017 An Giblean 2017 |
| (c) Gheibh buidhnean de luchd-turais a thadhlas air a' Cholaiste fiosrachadh mu dhiofar chuspairean ceangailte ris a' Ghàidhlig mar phàirt den chuairt aca. | Gheibh busaichean luchd-turais cuairt timcheall air a' cholaiste agus fiosrachadh farsaing mun àrainn agus a' chànan | Ullaichidh sinn taghadh de sheiseanan a ghabhas a-steach cànan, fiosrachadh eachdraidheil agus sòisio-cànanach agus cultaireil a bidh sinn ga fhighhe a-steach dhan phrògram nuair a thig busaichean luchd-turais. | Manaidsear Margaideachd Oifigear Leasachaidh Cànan Manaidsear Aoi gheachd | Am Màrt 2018 |
| (d) Bithear a' co-obrachadh le SEALL gus bùithtean-obrach Gàidhlig a thabhann rè Fèis an Eilein do luchd-tadhail. | Tha sinn air tòiseachadh còmhraidh le SEALL gus seo a chur air dòigh | Cuiridh sinn seiseanan cànan is cultair ri chèile a bhios tarraingeach do luchd-tadhail na Fèise agus luchd-turais. | Oifigear Leasachaidh Cànan | An Ògmhios 2017 |



2.5.3 Taisbeanaidhean ealaine

| Amas | An suidheachadh an-dràsta | Puingean gnìomha pragtaigeach | Neach an urra | Ceann-latha |
|---|---|--|--|------------------------------------|
| Bidh gach taisbeanadh ealaine sa Cholaiste a rèir feallsanachd na Colaiste. | Tha fiosrachadh mun taisbeanadh dà-chànanach no Gàidhlig a-mhàin mar as iomchaidh. Uaireannan cha bhi cànan sam bith ann. | Cumaidh sinn a' dol le sin. Bidh sinn a' brosnachadh luchd-ealain Gàidhlig no mion-chànanach gus taisbeanaidhean a dhèanamh aig a' Cholaiste. | Oifigear Leasachaidh Ealaine Oifigear Leasachaidh Ealaine | Leantainneach Leantainneach |



2.6 Dealbhadh cànan

Mar Ionad Nàiseanta Cànan agus Cultar na Gàidhlig, tha dleastanas aig a' Cholaiste a bhith a' cur leasachaidhean sa Ghàidhlig air adhart. Bidh leasachaidhean air àrainn na Colaiste fhèin a' gabhail a-steach leasachadh cànan. A bharrachd air sin, tha an t-uallach air a' Cholaiste a bhith a' co-obrachadh ri buidhnean eile ann an Alba gus leasachaidhean cànan a chur air adhart aig ìre nàiseanta.

| 2.6.1 Leasachaidhean | | | | |
|--|--|--|--|--------------------|
| Amas | An suidheachadh an-dràsta | Puingean gnìomha pragtaigeach | Neach an urra | Ceann-latha |
| (a) Bhon fhìor thoiseach, bidh dealbhadh cànan (a' gabhail a-steach ionnsachadh, cleachdadh, inbhe agus corpas) an cois dealbhadh a thaobh leasachadh, atharrachadh no leudachadh sam bith ann an goireasan, àrainn no oighreachd na Colaiste. | Tha a' Ghàidhlig mar phrìomh amas na Colaiste agus thèid buaidh air a' Ghàidhlig a mheas gach turas a smaoinichear mu leasachadh sam bith. | A' cumail fios ris an Oifigear Leasachaidh Cànan, ag iarraidh a comhairle mar a bhios iomchaidh. | Ceannard Oighreachd is Sheirbheisean | Leantainneach |
| | Bithear a' sireadh comhairle bho eòlaichean iomchaidh air buaidh agus fuasglaidhean gus am bi am pròiseact a' sìor bhrosnachadh na Gàidhlig. | Cumaidh sinn a' dol le seo a' sireadh comhairle bho eòlaichean againn fhìn agus eadar-nàiseanta. | Ceannard Oighreachd is Sheirbheisean | Leantainneach |
| | Cumar seisean fiosrachaidh airson oileanach is luchd-obrach, a' minichear adhartais anns a' phròiseact. | Cumaidh sinn a' dol le seo agus gabhar a-steach beachdan is molaidhean bhuapa. | Ceannard Oighreachd is Sheirbheisean | Leantainneach |
| | Sgrìobh sinn poileasaidh cànan sònraichte airson Ionad Iain Nobail mus deach a thogail. | Gach turas a thèid leasachadh ùr a mholadh, sgrìobhar poileasaidh cànan sònraichte airson an leasachaidh seo, a' toirt for air mar a bhios an togalach, an luchd-cleachdaidh, an luchd-obrach agus an suidheachadh a' toirt buaidh air | Ceannard Oighreachd is Sheirbheisean Oifigear Leasachaidh Cànan | Leantainneach |



| | | | | |
|---|---|--|---|---|
| | <p>Thèid ainm togalaich a mholadh le oileanaich is luchd-obrach, ach chaidh ainmean nan seòmraichean a thaghadh leis a' bhuidhinn stiùiridh</p> <p>Tha sinn air poileasaidh sònrachaidh aontachadh le Urras Taigheadais na Gàidhealtachd a bheir prìomhachas do mhuintir na Gàidhlig.</p> <p>Tha togail baile ùr san amharc aig a bheil leasachadh na Gàidhlig aig a' chridhe</p> | <p>àrainn na Colaiste bho thaobh cànan.</p> <p>Thèid molaidhean shireadh air ainmean nan togalaichean agus nan seòmraichean bho oileanaich agus luchd-obrach agus a thaghadh leis a' Bhuidhinn Stiùiridh. Thèid an cruth agus litreachadh a dhearbhadh le eòlaichean leithid Ainmean Àite na h-Alba</p> <p>Cuiridh sinn am poileasaidh sin an gnìomh</p> <p>Thèid maoin sònraichte a stèidheachadh gus an leasachadh cànan a thoirt gu buil.</p> | <p>Ceannard Oighreachd is Sheirbheisean</p> <p>Ceannard Oighreachd is Sheirbheisean</p> <p>Ceannard Oighreachd is Sheirbheisean</p> | <p>Am Màrt 2017</p> <p>Leantainneach</p> <p>An Dùbhlachd 2017</p> |
| <p>Bhon fhìor thoiseach, bidh dealbhadh cànan (a' gabhail a-steach ionnsachadh, cleachdadh, inbhe agus corpas) an cois dealbhadh chùrsaichean sam bith ceangailte ri SMO air an àrainn agus air astar</p> | <p>Bithear a' meas buaidh air a' Ghàidhlig gach turas a thèid cùrsa ùr a dhealbhadh no cùrsa atharrachadh.</p> | <p>Cumaidh sinn oirnn cùrsaichean tro mheadhan na Gàidhlig a-mhàin a theagasg rè na bliadhna acadaimigich agus cùrsaichean ceangailte ri cànan is cultar nan Gàidheal rè an t-samhraidh.</p> | <p>Ceannard Roinn an Fhoghlaim</p> | <p>Leantainneach</p> |

2.6.2 An saoghal a-muigh

| Amas | An suidheachadh an-dràsta | Puingean gnìomha pragtaigeach | Neach an urra | Ceann-latha |
|---|--|---|--|----------------------|
| <p>Bidh Bòrd Stiùiridh na Colaiste a' togail inbhe na Gàidhlig gu nàiseanta</p> | <p>Thathar a' dèanamh cinnteach gu bheileas a' beachdachadh air buaidh</p> | <p>Cumaidh sinn a' dol le seo, a' dearbhadh gum bi leasachadh cànan</p> | <p>Bòrd Stiùiridh, Buidheann Stiùiridh</p> | <p>Leantainneach</p> |



| | | | | |
|----------------------|--|---|----------------|---------------|
| agus gu follaiseach. | a' chànan fo leasachaidhean sam bith, m.e. A' Chill Bheag, gnìomhachasan Fàs. | agus leasachadh coimhearsnachd is oighreachd a' cur taic ri chèile. | Bòrd Stiùiridh | Leantainneach |
| | Thathar A' dèanamh obair choiteachaidh ag ìre phoileataigich agus nàiseanta airson co-ionannachd cànan eadar a' Bheurla agus a' Ghàidhlig. | Nì sinn piobrachadh aig ìre nàiseanta agus ionadail gus am bi cùmhnantan bhuidhnean maoineachaidh a' toirt taic do dh'iomairtean mion-chànanach | Bòrd Stiùiridh | Leantainneach |
| | A' neartachadh agus a' foillseachadh obair na Colaiste mar Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig agus mar dheagh eisimpleir de dh'iomairt mhion-cànan air feadh an t-saoghail. | Cumaidh sinn a' dol le seo | Bòrd Stiùiridh | Leantainneach |

| 2.6.3 Stiùireadh air dealbhadh cànan | | | | |
|--|--|---|---|--------------------|
| Amas | An suidheachadh an-dràsta | Puingean gnìomha pragtaigeach | Neach an urra | Ceann-latha |
| Bidh a h-uile Ceannard Roinne a' tuigsinn agus a' cur an gnìomh dealbhadh agus cleachdadh na Gàidhlig sa Cholaiste am measg an luchd-obrach fhèin. | Tha seo a' tachairt aig gach ìre, agus tha e cudromach cumail a' dol leis. | Leudachadh Phlanaichean airson Acadamaidh Ghàidhlig "Leacag" a stèidheachadh tro cho-obrachadh ri buidhnean Gàidhlig eile. | Bòrd Stiùiridh | Leantainneach |
| | | Trèanadh agus soilleireachadh air (a) amasan na Colaiste, (b) feallsanachd na Colaiste agus iomairtean cànan, (c) prionnsapail dealbhadh cànan agus (d) brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig. | Bòrd Stiùiridh, Buidheann Stiùiridh, Oifigear Leasachaidh Cànan | Leantainneach |



| | | | | |
|--|--|---|---------------------------------|------------------|
| | | Thèid manaidsearan agus luchd-obrach iomchaidh a bhrosnachadh agus modalan poileasaidh agus leasachadh cànan a dhèanamh | Ceannard Sheirbheisean Corporra | An Lùnastal 2019 |
|--|--|---|---------------------------------|------------------|

| 2.6.4 Buidhnean co-cheangailte ri Sabhal Mòr Ostaig | | | | |
|---|--|--------------------------------------|---|----------------------|
| Amas | An suidheachadh an-dràsta | Puingean gnìomha pragtaigeach | Neach an urra | Ceann-latha |
| <p>Bidh dùil gum bi buidhnean co-cheangailte ris a' Cholaiste a' gabhail ri poileasaidh cànan na Colaiste agus gum bi gach buidheann a' cruthachadh poileasaidh cànan dhi fhèin (le taic bhon Oifigear Leasachaidh Cànan). Mar phàirt de phoileasaidh gach buidhne, bidh dùil gum bi dleastanas fa leth aig luchd-obrach gum bruidhinn iad a' Ghàidhlig, ma bhios i idir aca, air neo gun ionnsaich iad i, mura bi.</p> | <p>Thathar a' dèanamh oidhirp gus buidhnean a lorg a bhios a' cleachdadh Gàidhlig san àite-obrach airson nan oifisean ann an aonadan gnìomhachais ann am Fàs agus Ionad Iain Nobail.</p> | <p>Cumaidh sinn a' dol le seo.</p> | <p>Ceannard Sheirbheisean is nan Oighreachdan</p> | <p>Leantainneach</p> |
| | <p>Tha buidhnean ceangailte ris a' cholaiste, m.e. ma tha oifisean aca air màl an seo, a' gabhail ri poileasaidh cànan na Colaiste. Mus faigh buidheann cùmhnant màil, gheibh iad fiosrachadh mu fheallsanachd agus poileasaidh cànan SMO, agus tuigidh iad na dleastanasan aca.</p> | <p>Cumaidh sinn a' dol le seo</p> | <p>Ceannard Sheirbheisean is nan Oighreachdan</p> | <p>Leantainneach</p> |
| | <p>Bidh an ceannard Sheirbheisean is Oighreachdan a' mìneachadh dhaibh gu mionaideach an t-suidheachaidh agus na tha sinn an dùil bhuapa</p> | <p>Cumaidh sinn a' dol le seo</p> | <p>Ceannard Sheirbheisean is nan Oighreachdan</p> | <p>Leantainneach</p> |
| | <p>Bidh cùmhnantan na cùmhnantan màil a' togail air a' phoileasaidh</p> | <p>Cumaidh sinn a' dol le seo</p> | <p>Ceannard Sheirbheisean is nan Oighreachdan</p> | <p>Leantainneach</p> |



| | | | | |
|--|---|--|---|---|
| | cànain. Bidh an t-Oifigear Leasachaidh cànain a' dèanamh inntrigeadh còmhla riutha a thaobh poileasaidh cànain agus cùl-fhiosrachaidh sòisio-cànanach. Bidh an t-Oifigear Leasachaidh Cànain a' toirt taic dhaibh gus poileasaidh cànain a sgrìobhadh a bheir taic dhan Ghàidhlig aig an àite obrach agus anns na raointean obrach aca mar as iomchaidh. Gheibh luchd-obrach nam buidhnean cothrom pàirt a ghabhail ann an clasaichean luchd-obrach an asgaidh. Bheir an t-oifigear leasachaidh cànain fiosrachadh dhaibh mu chothroman ionnsachaidh eile. Tha cothrom aig luchd-obrach nam buidhnean pàirt a ghabhail anns an sgeama charaidean-cànain. | Cumaidh sinn a' dol le seo Cumaidh sinn a' dol le seo Cumaidh sinn a' dol le seo Cumaidh sinn a' dol le seo Cumaidh sinn a' dol le seo | Oifigear Leasachaidh Cànain Oifigear Leasachaidh Cànain Ceannard Sheirbheisean is nan Oighreachdan Oifigear Leasachaidh Cànain Oifigear Leasachaidh Cànain Oifigear Leasachaidh Cànain | Leantainneach Leantainneach Leantainneach Leantainneach Leantainneach |
|--|---|--|---|---|

| 2.6.5 Rannsachadh | | | | |
|---|---|--|---|--------------------|
| Amas poileasaidh cànain SMO | An suidheachadh an-dràsta | Puingean gnìomha pragtaigeach | Neach an urra | Ceann-latha |
| (a) Bidh obair rannsachaidh nan oileanach fo-cheum ga dhèanamh tro mheadhan na Gàidhlig anns a h- | Tha stiùireadh sgrìobhte an lùib mhodalan rannsachaidh a' dèanamh seo soilleir. | Cumaidh sinn a' dol le sin airson gach modail agus gach cùrsa iomchaidh. | Luchd-teagaisg nam modalan rannsachaidh | Leantainneach |



| | | | | |
|--|---|---|---|---|
| <p>uile suidheachadh, ach far nach eil Gàidhlig aig, mar eisimpleir, neach-agallaimh no far a bheil e do-dhèanta Gàidhlig a chur air às-iomradh à leabhar.</p> | | | | |
| <p>(b) Bithear a' tomhas na fileantachd sa Ghàidhlig aig duine sam bith a bhios airson for-cheum a dhèanamh aig Sabhal Mòr Ostaig, agus bidh e na chùmhnannt orra gum fàs iad fileanta gu leòr a bhith a' conaltradh agus, mas iomchaidh, a bhith a' sgrìobhadh an tràchdais tro mheadhan na Gàidhlig.</p> | <p>Tha am poileasaidh seo san leabhar-làimhe aig for-cheumnaichean MLit, MSc agus PhD.</p> <p>Thèid deuchainn labhairt a dhèanamh le luchd-obrach a bhios nan luchd-stiùiridh, le comhairle bhon Chùrsa Chomais.</p> <p>Gheibh oileanaich rannsachaidh cothrom modalan cànan aig ìre fhreagarraich a dhèanamh fhad 's a tha iad a' rannsachadh.</p> | <p>Cumaidh sinn a' dol le seo.</p> <p>Cumaidh sinn a' dol le seo.</p> | <p>Luchd-teagaisg nam modalan rannsachaidh</p> <p>Luchd-teagaisg nam modalan rannsachaidh</p> | <p>Leantainneach</p> <p>Leantainneach</p> |
| <p>(c) Bidh oileanaich rannsachaidh for-cheum ag obair tro mheadhan na Gàidhlig anns gach suidheachadh air àrainn na Colaiste, agus thathas an dùil gun cleachdar a' Ghàidhlig ann a bhith a' dèanamh an rannsachaidh, aig gach cothrom, sa choimhearsnachd air taobh a-muigh na Colaiste, mar shanas air obair na Colaiste.</p> | <p>Bithear a' sanasachadh obair rannsachaidh air àrainn na Colaiste tro mheadhan na Gàidhlig.</p> <p>Cuiridh an co-òrdanaiche rannsachaidh prògram òraidean agus fiosrachadh rannsachaidh dhan Oifigear Margaideachd.</p> | <p>Cumaidh sinn a' dol le seo.</p> <p>Cumaidh sinn a' dol le seo.</p> | <p>Co-òrdanaiche Rannsachaidh</p> <p>Co-òrdanaiche Rannsachaidh</p> | <p>Leantainneach</p> <p>Leantainneach</p> |
| <p>(d) Bidh luchd-obrach a' cleachdadh an cuid Gàidhlig anns gach suidheachadh sa Cholaiste ann a</p> | <p>Nì sinn seo gu cunbhalach.</p> | <p>Cumaidh sinn a' dol le seo.</p> | <p>All staff</p> | <p>Leantainneach</p> |



| | | | | |
|--|---|--|--|---------------|
| bhith a' bruidhinn air/sgrìobhadh mu dheidhinn rannsachaidh. | | | | |
| (e) Bithear a' margaideachd obair rannsachaidh oileanaich agus luchd-obrach SMO tro mheadhan na Gàidhlig aig a h-uile cothrom. | Nì sinn seo gu cunbhalach air an làraich-lìn agus air na meadhanan sòisealta a bharrachd air siostaman conaltraidh na Colaiste. | Cumaidh sinn a' dol le seo, agus ag amas nas treasa air oileanaich gus an tàladh gu sònraichte dha na tachartasan seo. | Manaidsear Margaideachd, Co-òrdanaiche Rannsachaidh | Leantainneach |





3 A' cuideachadh ri bhith a' cur Plana Nàiseanta na Gàidhlig an gnìomh

Tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig a' togail air ceithir roinnean Gàidhlig a leasachadh. Mar àite foghlaim, àite-obrach agus àite-còmhnaidh do dhaoine aig a bheil ùidh anns a' Ghàidhlig, bidh Sabhal Mòr Ostaig gu sònraichte a' cur ri togail agus cleachdadh cànan. Mar Ionad Nàiseanta Cànan agus Cultar na Gàidhlig, bithear a' togail inbhe na Gàidhlig agus ag obair air leudachadh corpas a' chànan.

3.1 Ionnsachadh cànan

Mar phrìomh ghnìomh airson àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig a thogail, tha e air leth cudromach cothroman ionnsachaidh a chruthachadh gus am bi e comasach do dh'àireimh mhòir de dhaoine a' Ghàidhlig a thogail. Tha seo a' gabhail a-steach ionnsachadh san dachaigh, ionnsachadh ann am foghlam agus ionnsachadh ann am foghlam inbheach. Mar àite ionnsachaidh làn-Ghàidhlig, bidh Sabhal Mòr Ostaig a' brosnachadh ionnsachadh na Gàidhlig bho ìre tòiseachaidh chun na h-àrd ìre agus a' brosnachadh fileantachd am measg luchd-ionnsachaidh.

| 3.1.1 Dachaigh | | | |
|---|--|---|---------------|
| Amas | Gnìomh | Neach an urra | Ceann-latha |
| (a) Ag ullachadh dhaoine òga gus Gàidhlig a chleachdadh gu sòisealta. | A' tabhann thachartasan sòisealta tro mheadhan na Gàidhlig, agus a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig gu sòisealta. | Oifigear Leasachaidh Cànan | Leantainneach |
| (b) Ag ullachadh dhaoine òga gus Gàidhlig a thaghadh mar chànan an teaghlaich agus, le sin, ag àrdachadh àireamh na cloinne a thogas a' Ghàidhlig san dachaigh. | Ag àrdachadh mothachadh air cudromachd na Gàidhlig san dachaigh. | Ceannard Roinn an Fhoghlaim | Leantainneach |
| (c) A' meudachadh àireamh luchd-ionnsachaidh inbheach na Gàidhlig a bhios a' fàs fileanta. | Ag àrdachadh àireamh nan oileanach air a' Chùrsa Chomais/Chùrsa Adhartais agus ìrean nas àirde. | Ceannard Roinn an Fhoghlaim, Manaidsear Margaideachd | Leantainneach |
| (d) A' tabhann cùram-chloinne Gàidhlig. | A' cumail taic don ionad cùram cloinne Gàidhlig le seirbheisean ionmhais agus leasachadh cànan an luchd-obrach gus am bi e nas saoire don luchd- | Stiùiriche Corporra | Leantainneach |



| | | | |
|---|---|--|---------------|
| | cleachdaidh. | | |
| (e) Ag ullachadh inbhich gus Gàidhlig a bhruidhinn san teaghlach. | A' togail mothachadh air cudromachd na Gàidhlig san dachaigh taobh a-staigh a' churraicealam agus taobh a-muigh. | Ceannard Roinn an Fhoghlaim | Leantainneach |
| (f) Ag àrdachadh fiosrachadh mu chudromachd na Gàidhlig san dachaigh. | A' rannsachadh air cudromachd na Gàidhlig san dachaigh agus a' foillseachadh an fhiosrachaidh. | Ceannard Roinn an Fhoghlaim | Leantainneach |
| (g) Ag àrdachadh àireamh de dhachaighean Gàidhlig an lùib leasachadh na Cille Bige. | A' planadh buaidh gach leasachaidh air a' Ghàidhlig agus a' cruthachadh phoileasaidhean a chuireas taic ri cleachdadh na Gàidhlig anns na dachaighean | Ceannard Sheirbheisean is Oighreachdan | Leantainneach |

3.1.2 Foghlam

| Amas | Gnìomh | Neach an urra | Ceann-latha |
|--|---|---|-------------------------------|
| (a) A' cruthachadh àireamh de dh'fhileantaich Ghàidhlig gach bliadhna. | A' sìor àrdachadh àireamh nan oileanach air a' Chùrsa Chomais/Cùrsa Adhartais agus irean nas àirde. A' cruthachadh chùrsaichean drochaid gus barrachd oileanach ullachadh airson a' Chùrsa Comais | Ceannard Roinn an Fhoghlaim, Manaidsear Margaideachd | Leantainneach 2017 |
| (b) A' meudachadh gabhailteachd is faotainneachd foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. | Ag àrdachadh àireamh nan oileanach air cùrsaichean teagaisg bun-sgoile is àrd-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig. A' tabhann cùrsa teagaisg airson tidsearan bun-sgoile, àrd-sgoile agus foghlam nan tràth-bhliadhnaichean. A' cruthachadh cùrsaichean ceangailte ri obair Gàidhlig, cùram cloinne agus ghnìomhachasan | Ceannard Roinn an Fhoghlaim | Leantainneach 2017 2020 |
| (c) Foghlam aig àrd ìre: a' cruthachadh fhileantach Gàidhlig aig àrd ìre acadaimigich agus tuigse air suidheachadh a' chànain. | A' tabhann cùrsaichean Diploma ann an Gàidhlig agus Cuspairean co-cheangailte, Diploma anns na Meadhanan, agus Ceumannan (le Urram) ann an Cànan is Cultar, Gàidhlig agus Leasachadh, Gàidhlig | Ceannard Roinn an Fhoghlaim | Leantainneach |



| | | | |
|--|---|-----------------------------|---------------|
| | agus Ceòl Traidiseanta, Gàidhlig agus na Meadhanan agus for-cheumannan MSc ann an Cultar Dùthchasach agus Eachdraidh na Gàidhealtachd tro mheadhan na Gàidhlig....? | | |
| (d) Foghlam aig ìre adhartach: a' cruthachadh luchd-labhairt na Gàidhlig agus le sin bun-stèidh do dh'ionnsachadh a bharrachd agus cleachdadh na Gàidhlig gu làitheil. | A' tabhann chùrsaichean Cert HE An Cùrsa Comais agus An Cùrsa Adhartais (air astar)???\n Cùram Cloinne?\n Sreap? | Ceannard Roinn an Fhoghlaim | Leantainneach |
| (e) A' togail ùidh cloinne ann an dreuchdan anns na meadhanan | A' tabhann cùrsa nam meadhanan do chloinn àrd- sgoile. | Ceannard Roinn an Fhoghlaim | Leantainneach |



| 3.1.3 Foghlam inbheach | | | |
|---|--|-----------------------------|--------------------|
| Amas | Gnìomh | Neach an urra | Ceann-latha |
| (a) A' cruthachadh luchd-labhairt na Gàidhlig agus le sin bun-stèidh gu ionnsachadh a bharrachd agus cleachdadh na Gàidhlig gu làitheil. | A' tabhann chùrsaichean goirid, cùrsaichean air astar, chùrsaichean pàirt-ùine agus chùrsaichean leasachadh proifeiseanta leantainneach do dh'inbhich. | Ceannard Roinn an Fhoghlaim | Leantainneach |
| (b) A' cruthachadh luchd-obrach a bhios comasach an cuid obrach a dhèanamh tro mheadhan na Gàidhlig agus seirbheisean a thoirt seachad dhan phoball sa Ghàidhlig. | A' tabhann chlasaichean Gàidhlig aig gach ìre do gach neach-obrach. | Stiùiriche Corporra | Leantainneach |
| (c) Ag àrdachadh àireamh luchd-teagaisg | A' trèanadh luchd-oideachaidh gus tuilleadh chothroman ionnsachaidh a thabhann | Ceannard Roinn an Fhoghlaim | Leantainneach |



3.2 Cleachdadh cànan

Thathas mothachail gu bheil an àireamh a bhios comasach air a' Ghàidhlig a bhruidhinn eadar-dhealaichte bhon àireimh a bhios a' cleachdadh na Gàidhlig ann an da-rìribh bho latha gu latha. Gus seasmhachd a thoirt dhan Ghàidhlig mar chànan làitheil san latha an-diugh, feumar an àireamh de dhaoine a chleachdas a' Ghàidhlig bho latha gu latha àrdachadh agus roinnean cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh. Mar àite ionnsachaidh agus àite-obrach làn-Ghàidhlig, bidh a' Cholaiste a' cruthachadh shuidheachaidhean sòisealta, acadaimigeach agus proifeiseanta anns am faigh daoine cothroman air agus brosnachadh gus Gàidhlig a chleachdadh.

| 3.2.1 Anns a' choimhearsnachd | | | |
|--|---|---|------------------------------------|
| Amas | Gnìomh | Neach an urra | Ceann-latha |
| (a) A' meudachadh àireamh nan daoine sa choimhearsnachd a chleachdas a' Ghàidhlig. | A' tarraing muinntir na coimhearsnachd agus gam brosnachadh gus Gàidhlig a chleachdadh ann an tachartasan Gàidhlig. Bidh luchd-obrach a' fàs cleachdte ri bhith a' cleachdadh na Gàidhlig air taobh a-muigh na Colaiste. A' co-obrachadh le gnìomhachasan anns an sgìre gus cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh | Oifigear Leasachaidh Cànan Manaidsear Margaideachd | Leantainneach |
| (b) Bidh oileanaich a' cleachdadh na Gàidhlig mar chànan làitheil anns na clasaichean agus air taobh a-muigh nan clasaichean gu sòisealta. | Ag obair gu dlùth leis na h-oileanaich gus cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh fad na h-ùine. | Oifigear Leasachaidh Cànan | Leantainneach |
| (c) Bidh luchd-obrach a' cleachdadh na Gàidhlig mar chànan làitheil aig an obair agus gu sòisealta. | A' cleachdadh poileasaidh cànan gus cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh fad na h-ùine. | Oifigear Leasachaidh Cànan, Ceannard Gnòthaichean Corporra | Leantainneach |
| (d) A' meudachadh roinnean cleachdaidh | A' tabhann chùrsaichean agus chur-seachadan air diofar chuspairean do luchd-ionnsachaidh agus fileantaich. A' cur air dòigh thachartasan dà-chànanach agus | Oifigear Leasachaidh Cànan Oifigear Leasachaidh Cànan | Leantainneach Leantainneach |



| | Gàidhlig anns a' choimhearsnachd | Manaidsear Margaideachd | |
|---|---|-----------------------------|---------------|
| (e) A' meudachadh an àireimh de dhaoine anns a' choimhearsnachd aig a bheil Gàidhlig | Ag àrdachadh àireamh nan oileanach air cùrsaichean oidhche don choimhearsnachd | Ceannard Roinn an Fhoghlaim | Leantainneach |
| (f) Ag àrdachadh an fhiosrachadh a tha ann mu chleachdadh na Gàidhlig anns a' Choimhearsnachd | A' dèanamh rannsachadh air cleachdadh càinain anns a' choimhearsnachd agus a' cur na toraidhean an sàs. | Ceannard Roinn an Fhoghlaim | Leantainneach |



| 3.2.2 Anns an àite-obrach | | | |
|--|--|--------------------------------|------------------------------------|
| Amas | Gnìomh | Neach an urra | Ceann-latha |
| (a) A' sìor leudachadh cleachdadh na Gàidhlig mar chànan obrach na Colaiste | Ag obair gu dlùth leis an luchd-obrach gus cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh fad na h-ùine. A' stèidheachadh prògram charaidean-cànain do gach neach-obrach a tha ag iarraidh pàirt a ghabhail. A' cur thachartasan sòisealta anns an àite-obrach air dòigh. | Oifigear Leasachaidh Cànan | Leantainneach Leantainneach |
| (b) A' sìor àrdachadh àireamh an luchd-obrach aig a bheil Gàidhlig | A' leasachadh poileasaidh fastaidh agus cothroman ionnsachaidh. | Ceannard Gnothaichean Corporra | Leantainneach |
| (c) Ag adhartachadh mothachadh cànan am measg an luchd-obrach. | Trèanadh mothachadh cànan dhan a h-uile neach-obrach. | Oifigear Leasachaidh Cànan | Lentainneach |
| d) Ag àrdachadh misneachd an luchd-obrach gus na sgilean cànan aca a chleachdadh | Ag obair còmhla ri eòlaiche gus cùrsa misneachd a ruith do luchd-obrach. | Ceannard Gnothaichean Corporra | 2018 |

| 3.2.3 Anns na meadhanan | | | |
|--|---|-------------------------|--------------------|
| Amas | Gnìomh | Neach an urra | Ceann-latha |
| (a) Ag adhartachadh cleachdadh agus faicsinneachd na Gàidhlig air an Eadar-lìon. | Làrach-lìn na Colaiste uile gu lèir dà-chànanach no sa Ghàidhlig a-mhàin far a bheil seo iomchaidh. | Manaidsear Margaideachd | Leantainneach |



| | | | |
|---|---|---|---------------|
| | A' dèanamh cheanglaichean ri làraichean-lìn aig ionadan foghlaim thall thairis. A' cur bhrathan dà-chànanach/Gàidhlig air na meadhanan sòisealta ceangailte ris a' Cholaiste | | |
| (b) A' togail Ìomhaigh na Colaiste am measg nam meadhanan gu lèir. | A' sgaoileadh fiosrachaidh air BBC ALBA, STV, BBC Radio nan Gàidheal agus stèiseanan rèidio eile. | Manaidsear Margaideachd | Leantainneach |
| (c) A' cruthachadh/daingneachadh cheanglaichean eadar a' Cholaiste agus na meadhanan. | A' tàladh chompanaidhean Tbh/rèidio a chlàradh bhon Cholaiste/a chleachdadh nan goireasan. | Manaidsear Margaideachd | Leantainneach |
| (d) Pàipearan-naidheachd. | Brathan-naidheachd agus sanasan dà-chànanach/Gàidhlig. Cur ri susbaint Gàidhlig ann am-pàipearan naidheachd | Manaidsear Margaideachd Am Prionnsapal Oifigear Leasachaidh Cànan | Leantainneach |

3.2.4 Anns na h-ealainean

| Amas | Gnìomh | Neach an urra | Ceann-latha |
|---|--|------------------------------|---------------|
| (a) Ag adhartachadh faicsinneachd na Gàidhlig sna h-ealainean. | A' dèanamh mìneachadh, bhileagan agus margaideachd ceangailte ri taisbeanaidhean dà-chànanach/Gàidhlig. | Oifigear Leasachaidh Ealaine | Leantainneach |
| (b) A' leasachadh ealain. | A' dèanamh thachartasan, bhùithtean-obrach ealaine tro mheadhan na Gàidhlig dhan choimhearsnachd/do dh'oileanaich. | Oifigear Leasachaidh Ealaine | Leantainneach |
| (c) Ag adhartachadh cleachdadh na Gàidhlig anns na h-ealainean. | Bidh luchd-ealaine lèirsinne air mhuinntireas ag ionnsachadh agus a' cleachdadh na Gàidhlig a rèir an comasan. | Oifigear Leasachaidh Ealaine | Leantainneach |



| | | | |
|---|---|------------------------------|---------------|
| | <p>Bidh sgrìobhadair air mhuinntireas fileanta sa Ghàidhlig agus a' foillseachadh litreachas sa Ghàidhlig.</p> <p>Bidh bùithtean-obrach sgrìobhaidh sa Ghàidhlig.</p> <p>Bidh neach-dràma air mhuinntireas a' cruthachadh dràma sa Ghàidhlig ann an co-obrachadh ri oileanaich agus muinntir na coimhearsnachd.</p> <p>Bidh ceòladair air mhuinntireas a' teagasg ceòl tro mheadhan na Gàidhlig.</p> <p>Bidh ceòladair air mhuinntireas a' cruthachadh ceòl Gàidhlig.</p> | | |
| (d) Ag adhartachadh nan ealainean Gàidhlig. | A' co-obrachadh ri buidhnean nàiseanta gus na h-ealainean Gàidhlig a leasachadh. | Oifigear Leasachaidh Ealaine | Leantainneach |
| (e) Ag adhartachadh rannsachadh sna h-ealainean Gàidhlig. | A' co-obrachadh ri oilthighean airson obair rannsachaidh sna h-ealainean Gàidhlig. | Oifigear Leasachaidh Ealaine | Leantainneach |

3.2.5 Ann an turasachd, dualchas is cur-seachadan

| Amas | Gnìomh | Neach an urra | Ceann-latha |
|--|---|----------------------------|---------------|
| (a) A' brosnachadh luchd-tadhail gus a' Ghàidhlig a chleachdadh. | <p>Soidhneadh Gàidhlig/dà-chànanach air àrainn na Colaiste.</p> <p>Fàilteachas Gàidhlig agus àrainneachd bhrosnachail dhan Ghàidhlig.</p> | Manaidsear Aoigheachd | Leantainneach |
| (b) A' cur thachartasan agus chur-seachadan tro | A' cruthachadh thachartasan Gàidhlig gu | Oifigear Leasachaidh Cànan | Leantainneach |



| | | | |
|---|--|----------------------------|------|
| mheadhan na Gàidhlig air dòigh gus cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh gu sòisealta mar chànan làitheil am measg dhaoine, gu h-àraidh daoine òga. | cunbhalach gach seachdain, cuid dhiubh fosgailte dhan choimhearsnachd. A' brosnachadh dhaoine òga gus tachartasan a chur air dòigh. | | |
| (c) A' taisbeanadh na Gàidhlig do luchd-turais | A' cur seiseanan mothachadh cànan agus blasad cànan do luchd-turais air dòigh tro mhiosan an t-samhraidh, do bhuidhnean agus daoine fa-leth. | Oifigear Leasachaidh Cànan | 2018 |

3.3 Inbhe cànan

Thathas mothachail air cho cudromach is a tha inbhe na Gàidhlig airson àireamh luchd-labhairt a thogail agus cothroman cleachdaidh a leudachadh. Mar Ionad Nàiseanta Cànan agus Cultar na Gàidhlig, thathas ag amas air inbhe na Gàidhlig a thogail. Togar beachdan dhaoine air a' chànan agus misneachd luchd-labhairt a rèir cho tric is a chithear agus a chluinnear a' Ghàidhlig an seo.

| 3.3.1 Ìomhaigh bhrosnachail | | | |
|--|---|------------------------------|--------------------|
| Amas | Gnìomh | Neach an urra | Ceann-latha |
| (a) Ìomhaigh mar chànan beòthail làidir. | A' brosnachadh na Gàidhlig am measg òigridh anns a' bheatha làitheil, cur-seachadad agus spòrs. | Oifigear Leasachaidh Cànan | Leantainneach |
| (b) Ìomhaigh mar chànan luachmhor acadaimigeach. | A' brosnachadh na Gàidhlig am measg acadaimigeach mar chànan foillsichidh agus teagaisg. | Ceannard Roinn an Fhoghlaim | Leantainneach |
| (c) Ìomhaigh mar chànan obrach. | A' dèanamh na Gàidhlig riatanach airson na h-obrach. | Stiùiriche Corporra | Leantainneach |
| (d) A' togail mothachadh cànan. | Trèanadh ann am mothachadh cànan do gach neach-obrach. | Oifigear Leasachaidh Cànan, | Leantainneach |
| | A' fighe mothachadh cànan a-steach dhan churraicealam aig gach ìre de na cùrsaichean. | Ceannard Roinn an Fhoghlaim | Leantainneach |
| (e) A' togail moit. | A' brosnachadh dhaoine a bhith moiteil às a' | Ceannard Roinn an Fhoghlaim, | Leantainneach |



| | | | |
|-----------------------------------|---|--|---------------|
| | Ghàidhlig. | Oifigear Leasachaidh Cànan | |
| (f) Prìomhachas aig a' Ghàidhlig. | Prìomhachas aig a' Ghàidhlig air a' Bheurla air àrainn na Colaiste, ga thaisbeanadh ann am poileasaidhean agus planaichean leasachaidh. | Stiùiriche Corporra, Ceannard Sheirbheisean is nan Oighreachdan | Leantainneach |

3.3.2 Faicsinneachd na Gàidhlig

| Amas | Gnìomh | Neach an urra | Ceann-latha |
|--------------------|---|--|------------------------------------|
| (a) Soidhnichean. | Soidhnichean Gàidhlig agus soidhnichean èiginn dà-chànanach, mura dèan dealbh an gnothach. | Ceannard Sheirbheisean is nan Oighreachdan | Leantainneach |
| (b) Claisneachd. | A' brosnachadh an luchd-obrach agus nan oileanach a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig fad na h-ùine. A' brosnachadh luchd-tadhail agus a' choimhearsnachd a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig. A' cluich Radio nan Gàidheal no BBC Alba ann an àiteachan poblach anns na togalaichean | Oifigear Leasachaidh Cànan | Leantainneach |
| (c) Sanasachd. | Sanasachd Gàidhlig no dà-chànanach. | Manaidsear Margaideachd | Leantainneach |
| (d) Foillseachadh. | Bileagan, ro-sheallaidhean, fiosrachadh Gàidhlig no dà-chànanach. Ag àrdachadh àireamh nam foillseachaidhean acadaimigeach sa Ghàidhlig. | Manaidsear Margaideachd Ceannard Roinn an Fhoghlaim | Leantainneach Leantainneach |
| (e) Làrach-lìn. | Làrach-lìn uile-gu-lèir dà-chànanach le prìomhachas ga thoirt dhan Ghàidhlig no sa Ghàidhlig a-mhàin far a bheil seo iomchaidh. | Manaidsear Margaideachd | Leantainneach |



| 3.3.3 Ag ullachadh phlanaichean Gàidhlig | | | |
|--|--|----------------------------|--------------------|
| Amas | Gnìomh | Neach an urra | Ceann-latha |
| (a) Ag ullachadh Plana Gàidhlig. | Togaidh a' Cholaiste iomhaigh na Gàidhlig le bhith a' cur ris an àireimh de na tha ann de phlanaichean Gàidhlig. | Oifigear Leasachaidh Cànan | Leantainneach |
| (b) A' cur taic ri buidhnean eile a bhios ag ullachadh Plana Gàidhlig. | Bheir a' Cholaiste comhairle do bhuidhnean eile a bhios ag ullachadh Plana Gàidhlig. | Oifigear Leasachaidh Cànan | Leantainneach |



3.4 Corpas cànan

Mar Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig, tha dleastanas air a' Cholaiste pàirt mhòr a ghabhail ann an neartachadh corpas na Gàidhlig. Mar àite ionnsachaidh, cuiridh a' Cholaiste cudrom air leudachadh sgaoileadh briathrachas agus gràmair rianail.

| 3.4.1 A' cur ri meud corpas na Gàidhlig | | | |
|--|--|---|--------------------|
| Amas | Gnìomh | Neach an urra | Ceann-latha |
| (a) Soidhnichean. | <p>A' cur suas soidhnichean Gàidhlig/dà-chànanach air feadh na Colaiste.</p> <p>A' brosnachadh bhuidhnean sa choimhearsnachd gus soidhnichean dà-chànanach a chleachdadh.</p> <p>A' cur taic ri buidhnean eile a thaobh cruth nan soidhnichean dà-chànanach.</p> | <p>Ceannard Sheirbheisean is nan Oighreachdan</p> <p>Oifigear Leasachaidh Cànan/ Ceannard Sheirbheisean is nan Oighreachdan</p> | Leantainneach |
| (b) Aithrisean. | A' cruthachadh aithisgean Gàidhlig/dà-chànanach. | Stiùiriche Corporra | Leantainneach |
| (c) Rannsachaidhean. | A' cur ri rannsachadh air a' Ghàidhlig. | Ceannard Roinn an Fhoghlaim | Leantainneach |
| | A' cur ri rannsachadh tro mheadhan na Gàidhlig. | Ceannard Roinn an Fhoghlaim | Leantainneach |
| (d) Foillseachaidhean. | A' cur ri foillseachaidhean acadaimigeach sa Ghàidhlig. | Ceannard Roinn an Fhoghlaim | Leantainneach |
| | A' cur ri foillseachaidhean gnìomhachais sa Ghàidhlig. | Ceannard Roinn an Fhoghlaim | Leantainneach |



| 3.4.2 A' leasachadh buntainneachd agus cunbhalachd na Gàidhlig | | | |
|---|--|-----------------------------|--------------------|
| Amas | Gnìomh | Neach an urra | Ceann-latha |
| (a) A' cleachdadh litreachadh is gràmair rianail. | A' teagasg mothachadh agus riaghailtean gràmair is litreachaidh. A' meas obair acadaimigeach a rèir riaghailtean. | Ceannard Roinn an Fhoghlaim | Leantainneach |
| (b) A' leasachadh litreachadh is gràmar. | A' co-obrachadh ri buidhnean eile a dh'ionnsaigh riaghailtean litreachaidh rianail agus ciallach. | Ceannard Roinn an Fhoghlaim | Leantainneach |
| (c) A' leudachadh briathrachas acadaimigeach. | A' co-obrachadh ri buidhnean eile a dh'ionnsaigh briathrachais acadaimigich chunbhalach. | Ceannard Roinn an Fhoghlaim | Leantainneach |
| (d) A' leudachadh briathrachas làitheil. | A' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig ann an suidheachaidhean làitheil. | Oifigear Leasachaidh Cànan | Leantainneach |
| (e) A' cruinneachadh briathrachas. | A' leudachadh stòr-dàta briathrachais. | Ceannard Roinn an Fhoghlaim | Leantainneach |




4 Leasachadh air a' chlàr-oideachaidh làithreach agus san ùine air thoiseach

4.1 Co-theacsa agus ro-innleachd acadaimigeach

Bheir an earrann seo seachad co-theacsa agus barrachd mìneachaidh den chlàr-oideachaidh agus a' coimhead ri amasan agus ro-innleachd acadaimigeach na Colaiste le bhith a' toirt iomradh air a' churraicealam an-dràsta agus na planaichean, geallaidhean agus targaidean a tha san amharc. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu eachdraidh, feallsanachd agus leasachaidhean acadaimigeach ann an Caibideil 1.

Tha an clàr-oideachaidh co-fhillte ri prìomh amas agus ro-innleachd na Colaiste a bhith na shàr ionad nàiseanta airson cànan agus cultar na Gàidhlig, le gleidheadh agus ath-bheothachadh na Gàidhlig aig cridhe gach cùis. 'S e feallsanachd agus poileasaidh Shabhal Mòr Ostaig a bhith a' tabhann chùrsaichean a tha dearbhte agus air an teisteanachadh gu nàiseanta agus a tha air an libhrigeadh gu na h-ìrean deagh-ghnè as àirde agus a bheir cothrom do dh'oileanaich air teisteanasan aithnichte a chosnadh. Tha cudrom air a chur air cothrom a bhith aig oileanaich air fileantachd a ruigsinn agus air a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig ann an raointean eadar-dhealaichte, le prògraman a bhios a' toirt cothrom air adhartas gu tuilleadh foghlaim, rannsachaidh no gu dreuchd.

Mar a chithear san dealbh fodha, tha feallsanachd aontaichte aig Sabhal Mòr Ostaig a thaobh ullachadh a chlàr-oideachaidh, le foghlam, rannsachadh, cultar agus leasachadh ag eadar-obrachadh agus a' neartachadh càch a chèile. Tha ro-innleachd acadaimigeach na Colaiste air a ceangal gu dlùth ri plana Gàidhlig Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean (OGE) agus ri ro-innleachdan foghlaim eile aig OGE. Tha na h-amasan agus fo-amasan acadaimigeach agus rannsachaidh air an stèidheachadh ann am Plana Ro-innleachd Shabhal Mòr Ostaig (2017-2022). A thuilleadh air seo, bheir ro-innleachd agus clàr-oideachaidh na Colaiste làn mhothachadh do phrionnsabalan, prìomhachasan agus toraidhean Phlana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig (2017-2022).



4.2 Com-pàirtichean foghlaim

Bidh Sabhal Mòr Ostaig a' cur luach mòr air an iomadh com-pàirteachadh le ionadan foghlaim, le buidhnean agus le coimhearsnachdan Gàidhlig. Tha Sabhal Mòr Ostaig na cholaiste chom-pàirteachaidh ann an OGE agus na phrìomh cholaiste chom-pàirteachaidh ann a bhith a' stiùireadh agus a' libhrigeadh fo-cheumannan is for-cheumannan Gàidhlig OGE, a' co-obrachadh gu dlùth ri Colaisde a' Chaisteil agus ri ionadan eile ann an OGE ann a bhith a' toirt chothroman am feabhas air foghlam Gàidhlig a leudachadh. Tha dàimh shònraichte aig Sabhal Mòr Ostaig ri Ionad Chaluim Chille Ìle.

Tha aontachaidhean sònraichte cuideachd aig Sabhal Mòr Ostaig le Conservatoire Rìoghail na h-Alba (RCS), Oilthigh Dhùn Èideann, Oilthigh Obar Dheathain agus Colaiste Newbattle Abbey. Gu h-eadar-nàiseanta, tha aontachadh co-obrachaidh aig Sabhal Mòr Ostaig le trì oilthighean ann an Canada agus dà oilthigh ann an Èirinn, cho math ri oilthigh anns na Stàitean Aonaichte. Tha aontachadh co-obrachaidh aig a' Cholaiste le Comhairle na Gàidhealtachd cuideachd. Tha a' Cholaiste air a bhith an sàs thar nam bliadhnaichean ann an grunn phròiseactan le sgoiltean is ùghdarrasan ionadail. Tha deagh chothroman airson com-pàirteachadh a bhrosnachadh an lùib iomairtean ùra Riaghaltas na h-Alba a leithid Leasachadh an Luchd-obrach Òig. Tha ceanglaichean làidir aig a' Cholaiste cuideachd ri coimhearsnachdan buidhnean ionadail a leithid Taigh Chearsabhagh ann an Uibhist a Tuath agus coimhearsnachdan an ceann an ear-thuath an Eilein, agus bidh i a' sìor-leudachadh cheanglaichean ri sgìrean eile air a' Ghàidhealtachd cuideachd.

4.3 Ag ullachadh clàr-oideachaidh agus leasachaidhean

Mar phàirt chudromach de dh' fhoghlam adhartach (FE) na Colaiste, bidh Sabhal Mòr Ostaig a' tabhann a' Chùrsa Inntigidh a tha ri fhaotainn tro fhoghlam air astar agus a bheir cothrom adhartais do dh'oileanaich gu foghlam àrd-ìre. A bharrachd, tha cùrsaichean goirid ann an Gàidhlig, ceòl agus cuspairean eile air an tabhann aig àm na Càisge agus rè an t-samhraidh.

A thaobh foghlaim àrd-ìre (HE), bidh Sabhal Mòr Ostaig, a' phrìomh cholaiste chom-pàirteachaidh airson ceumannan Gàidhlig OGE, a' tabhann nan cùrsaichean làn-thìde a leanas a bheir cothrom do dh'oileanaich air fileantachd agus a tha air an libhrigeadh gu tur tro mheadhan na Gàidhlig, a thuilleadh air sgrùdadh chuspairean spèisealta:

- Cert HE An Cùrsa Comais (dian chùrsa Gàidhlig), Cert HE Gàidhlig is Conaltradh (do luchd-adhartach) agus Cert HE An Cùrsa Adhartais (cùrsa air astar co-ionnan ris a' Chùrsa Chomais)
- Dip HE ann an Gàidhlig agus Cuspairean Co-cheangailte
- BA/BA le Urram Cànan agus Cultar na Gàidhlig
- BA/BA le Urram Gàidhlig agus Leasachadh
- BA/BA le Urram Gàidhlig is Ceòl Traidiseanta
- BA/BA le Urram Gàidhlig agus na Meadhanan

Mar ullachadh airson dreuchd teagasg bun-sgoile (teagasg tro mheadhan na Gàidhlig) no a bhith a' teagasg Gàidhlig aig ìre àrd-sgoile, tha an BA le Urram ann an Gàidhlig agus Foghlam gu bhith air a thabhann bhon t-Sultain 2017. A thuilleadh air seo, tha a' Cholaiste an dùil cùrsaichean tro mheadhan na Gàidhlig a dhealbh airson Tràth-bhliadhnaichean agus Cùraim Chloinne a bhios bonntaichte air rannsachadh bhon mhargaid.

Aig ìre fhor-cheum, bidh Sabhal Mòr Ostaig a' libhrigeadh air astar an MSc Cultar Dùthchasach agus Eachdraidh na Gàidhealtachd agus modal ann an sgilean deasachaidh. Tha cothrom aig oileanaich air an tuilleadh cheumannan rannsachaidh agus ceum dotaireachd (PhD) a thoirt a-mach tro Shabhal Mòr Ostaig/OGE.

A bharrachd air na cùrsaichean seo, bidh Sabhal Mòr Ostaig a' libhrigeadh Dioplòma anns na Meadhanan Gàidhlig a bhios ag ullachadh oileanaich airson dreuchd anns na meadhanan craolaidh. Tha an cùrsa seo a' toirt cothrom do dh'oileanaich air bliadhna shlàn anns a' ghnìomhachas.

Tha dùil gu sònraichte ri àrdachadh air àireamhan nan oileanach a bhios a' dèanamh for-cheum, le leudachadh air cùrsaichean agus modalan aig an ìre seo. Cuideachd, thathas an dùil ceum-rannsachaidh a dhealbhadh a bhiodh mar ullachadh do dh'oileanaich a bha a' miannachadh PhD a dhèanamh.

Bhon a chaidh Sabhal Mòr Ostaig a stèidheachadh ann an 1973, tha a' Cholaiste air a bhith a' cur mòran luach anns na h-ealainean Gàidhlig agus bha dreuchd an sgrìobhaiche air aon de na ciad dreuchdan a chaidh a chur air bhonn. Chaidh dreuchdan sgrìobhaiche, neach-ciùil agus neach-ealain a chur air chois tro chom-pàirteachadh le Alba Chruthachail agus tha neach dràma air mhuintireas air fhadhadh an co-bhonn ri Conservatoire Rìoghail na h-Alba. Chaidh dreuchd Oifigear Leasachaidh Ealain a stèidheachadh bho chionn ghoirid agus bithear a' cur air adhart grunn leasachaidhean mar phàirt de ro-innleachd na Colaiste air na h-Ealainean Gàidhlig.

4.4 Rannsachadh

Tha rannsachadh agus obair sgoileireil gam meas air leth cudromach aig Sabhal Mòr Ostaig air sgàth na chuireas iad ri eòlas sònraichte, teagasg aig ìre oilthigh agus foghlam don mhòr-shluagh mu nàdar agus luach a' chànain is a' chultair. Tha feallsanachd làidir rannsachaidh ann am measg luchd-obrach agus oileanach agus tha cothroman leasachaidh gam brosnachadh agus gan taiceachadh. Tha Ro-innleachd Rannsachaidh na Colaiste a' mìneachadh nam prìomh thoraidhean agus planaichean leasachaidh airson 2017-22. Tha brosnachadh obair rannsachaidh an luchd-obrach air a chomharrachadh mar phrìomhachas agus sgrùdadh Frèam Sàr-Rannsachaidh (REF) san amharc ann an 2021.

Tha *Soillse, Lìonra Nàiseanta Rannsachaidh airson Gleidheadh agus Ath-bheothachadh na Gàidhlig - a tha na chom-pàirteachas eadar Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean, Oilthigh Obar Dheathain, Oilthigh Ghlaschu agus Oilthigh Dhùn Èideann - air a bhith* fìor chudromach ann a bhith a' leasachadh ginealach ùr de luchd-rannsachaidh agus a' leudachadh eòlas sòiseo-cànanach na Gàidhlig tro rannsachadh co-cheangailte ri foghlam Gàidhlig, cleachdadh na Gàidhlig agus dealbhadh cànan.

Tha grunn phròiseactan rannsachaidh nàiseanta eile stèidhichte aig Sabhal Mòr Ostaig a leithid Faclair na Gàidhlig, Tobar an Dualchais agus Ainmean-àite na h-Alba. Tha cothroman air ceumannan rannsachaidh aig ìre for-cheuma, an dà chuid ceumannan gan teagasg agus ceumannan rannsachaidh, stèidhichte aig a' Cholaiste ann an co-bhonn ri Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean agus a tha gan dearbhadh le Oilthigh Obar Dheathain. Tha OGE an-dràsta a' sireadh chumhachdan co-cheangailte ri cead a bhith a' tabhann cheumannan rannsachaidh iad fhèin sam àm ri teachd.

4.5 Ag ullachadh clàr-oideachaidh

| Plana Nàiseanta na Gàidhlig (PNG) / Ro-innleachd SMO (RI SMO) | Gnìomh | Solar agus goireasan làthaireach | Solar agus goireasan ri teachd | Adhbhar | Ùine |
|---|---|--|---|--|--|
| <p>4.5.1 Ionnsachadh cànan (Inbhich)</p> <p>Amas PNG - Leudachadh ionnsachadh na Gàidhlig.</p> <p>Priomhachas PNG - An dèidh sgoile agus ionnsachadh inbheach.</p> <p>Priomhachas PNG - Goireasan agus taic ionnsachaidh.</p> <p>RI SMO - Aig cridhe leasachaidhean ionnsachadh cànan do dh'inbhich.</p> | <p>Leudaich ionnsachadh-cànain bho thùs gu fileantachd, aghaidh ri aghaidh no tro fhoghlam air astar.</p> | <p>Tha SMO a' tabhann cùrsa ionnsachaidh air astar (An Cùrsa Inntigidh - ACI). Tha cothroman adhartais an lùib a' chùrsa seo gu foghlam adhartach (HE). Tha cùrsaichean luchd-tòiseachaidh le goireasan ACI air a bhith gan tabhann ann an dà làraich.</p> <p>Tha a' Cholaiste a' tabhann 5 cùrsaichean fo-cheuma agus cùrsa for-cheuma tro mheadhan na Gàidhlig (faic 4.3 agus 4.5.5).</p> <p>Tha SMO a' tabhann cùrsaichean goirid Gàidhlig fad seachdain aig diofar ìrean agus cùrsaichean cànan don choimhearsnachd (faic 4.5.3).</p> <p>Tha SMO air cùrsa Litearrachd Gàidhlig do dh'Inbhich (LGI) a leasachadh agus a chur an sàs.</p> | <p>Leasaich àireamhan, goireasan agus cothroman ionnsachaidh is adhartachaidh sa Ghàidhlig.</p> <p>Leasaich cùrsa Gàidhlig ùr aig ìre Foghlam Adhartach airson a libhrigeadh air an làraich agus a' cur ghoireasan ionnsachaidh làthaireach gu feum.</p> <p>Stèidhich prògram trèanaidh le teisteanas do dh'oidèan Gàidhlig.</p> <p>Leasaich agus leudaich cùrsaichean goirid agus clasaichean oidhche (faic 4.5.3).</p> <p>Solarach prògram Gàidhlig do dh'Inbhich ann an coimhearsnachdan eile.</p> | <p>Leudachadh goireasan is àireamhan luchd-ionnsachaidh.</p> <p>Leudachadh cothroman ionnsachaidh do dh'inbhich.</p> <p>Leudachadh àireamh de dh'oidèan airson chùrsaichean air an làraich agus air astar.</p> <p>Leudachadh cothroman ionnsachaidh do dh'inbhich.</p> <p>Leudachadh cothroman ionnsachaidh do dh'inbhich agus neartachadh sgilean Gàidhlig.</p> | <p>Seisean 2017/18 is air adhart</p> <p>Seisean 2017/18</p> <p>Seisean 2017/18</p> <p>Seisean 2017/18 is air adhart</p> <p>Seisean 2017/18 is air adhart</p> |
| <p>4.5.2 Ionnsachadh is cleachdadh cànan (clann sgoile, òigridh agus oileanaich)</p> <p>Amas PNG - Leudaich cleachdadh na Gàidhlig.</p> | <p>Soilleirich 'Slighe an Neach-ionnsachaidh' gus am bi slighean adhartais soilleir do bhuidhnean agus daoine a</p> | <p>Tha a' Cholaiste a' liubhairt raon chùrsaichean Gàidhlig airson sgoilearan. Cùrsaichean le taic Bhòrd na Gàidhlig.</p> <p>Tha SMO air ceanglaichean làidir a</p> | <p>Leudaich àireamhan oileanach is chùrsaichean seachdain do dheugairean aig SMO agus ann an coimhearsnachdan Gàidhlig eile.</p> <p>Barrachd co-obrachaidh le sgoiltean a thaobh Curaicealam</p> | <p>Leudachadh raointean cleachdaidh (foghlam, suidheachadh sòisealta) agus neartaich comasan cànan.</p> <p>Mar a tha sgrìobhte gu h-àrd.</p> | <p>Seisean 2017/18 air adhart</p> <p>Seisean 2017/18</p> |

| | | | | | |
|---|--|---|---|---|--|
| <p>Prìomhachas PNG - Iomairtean a bhios a' brosnachadh na Gàidhlig am measg dhaoine òga.</p> <p>Prìomh ghealltanais PNG - Leasaich dòighean airson roghainnean agus comp-pàirteachas ann an tachartasan, spòrs agus na meadhanan a leudachadh do dhaoine òga.</p> | <p>dh'fhaodadh a bhith nan luchd-ionnsachaidh san àm ri teachd.</p> <p>Libhrig cùrsaichean drochaid agus solar cànan eile airson an cànan a bhrosnachadh am measg sgoilearan dhaoine òga agus oileanach.</p> | <p>dhèanamh le àrd-sgoiltean agus le pròiseactan òigridh eile anns a' Ghàidhealtachd (a leithid Lasair anns an Eilean Sgitheanach).</p> <p>Tha SMO air prògraman Sgoiltean Samhraidh Nàiseanta a liubhairt do dh'oileanaich Gàidhlig/Ceiltis às oilthighean eile agus air prògraman inntrigidh Foghlam Adhartach SMO.</p> | <p>airson Sàr-mhaitheis, a' tairginn sgilean ann an cuspairean a leithid na meadhanan ùra agus Tràth-ionnsachadh agus Cùram-chloinne.</p> <p>Co-obraich le ionadan Foghlam Adhartach eile airson cothroman ionnsachadh cànan a bharrachd a thabhann tro SMO.</p> | <p>Luchd-ionnsachaidh a' leasachadh is a' cleachdadh sgilean cànan ann an suidheachaidhean bogaidh aig SMO agus ann an coimhearsnachdan Gàidhlig eile.</p> | <p>air adhart</p> <p>Seisean 2017/18 air adhart</p> |
| <p>4.5.3 Cùrsaichean goirid SMO/Solar Foghlam adhartach</p> <p>Prìomhachas PNG - Iomairtean a tha a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig aig an taigh is anns na coimhearsnachdan.</p> <p>RI SMO - Cruthachadh cothroman ionnsachaidh agus neartachadh sgilean cànan ann an caochladh raointean far a bheil ùidh.</p> | <p>Àrdachadh àireamh is àiteachan airson cùrsaichean goirid agus foghlam adhartach eile.</p> | <p>Cùrsaichean goirid fad seachdain ann an Gàidhlig is ceòl aig àm na Càisge agus as t-samhradh airson luchd-tòiseachaidh gu ìrean adhartach.</p> <p>Prògram de chlasaichean oidhche gan tabhann ann an Gàidhlig (grunn ìrean) agus òrain Gàidhlig, taobh a-muigh prògram nan cùrsaichean goirid.</p> <p>An Cùrsa Inntrigidh ga thabhann air astar (faic 4.5.1)</p> | <p>Àrdachadh anns an àireimh de chùrsaichean goirid gan tabhann ann an coimhearsnachdan is ionadan foghlaim eile (faic 4.5.1).</p> <p>Cothroman ùra do dh'inbhich is iad a' clàradh airson Adult Achievement Awards (AAA).</p> <p>Cùrsaichean goirid ann an cuspairean ùra gan leasachadh - cultar dùthchasach, sgrìobhadh cruthachail agus sgilean còmhraidh sa Ghàidhlig.</p> <p>Cùrsaichean goirid gan tabhann aig amannan eile den bhliadhna.</p> | <p>Cothroman ionnsachaidh a bharrachd do dh'inbhich ann an coimhearsnachdan is ionadan.</p> <p>Cumail taic ri cosnaidhean is sgilean agus ionnsachadh inbheach ga aithneachadh.</p> <p>Leudachadh solar nan cùrsaichean goirid.</p> <p>Freagairt ri iarrtasan airson cùrsaichean goirid SMO agus chùrsaichean sònraichte is chùrsaichean do bhuidhnean.</p> | <p>Seisean 2017/18 air adhart</p> <p>2017 (air adhart)</p> <p>2017 (air adhart)</p> <p>2017 (air adhart)</p> |
| <p>4.5.4 Na h-Ealain Ghàidhlig</p> | <p>Dealbhaich agus cuir an sàs Ro-</p> | <p>Tha Ro-innleachd Ealain aig a' Cholaiste a-cheana agus tha</p> | <p>Bithear a' leasachadh Ro-innleachd ùr sna h-Ealain</p> | <p>Leudachadh nan ealain Gàidhlig aig ìrean ionadail,</p> | <p>2017/18</p> |

| | | | | | |
|--|--|--|--|---|--|
| <p>Prìomhachas PNG – A' Ghàidhlig sna h-ealain, foillseachadh agus sna gnìomhachasan cruthachail.</p> <p>RI SMO – Dealbhaich ro-innleachd ealain thar-colaiste agus cothroman a bharrachd do dh'oileanaich is don choimhearsnachd na lùib.</p> | <p>innleachd nan Ealain Gàidhlig nas coileanta agus cothroman a bharrachd airson a' Ghàidhlig a neartachadh sna h-ealain agus barrachd trèanaidh is co-obrachaidh na lùib.</p> | <p>Oifigear Leasachaidh Ealain ag obair ann. Tha ceathrar luchd-ealain còmhnaidheach stèidhichte aig SMO an lùib prògram co-obrachaidh le Alba Chruthachail.</p> <p>Tha sgoiltean samhraidh ann an Dràma agus teagasg sgilean dràma gan tabhann an co-bhonn ri Conservatoire Rìoghail na h-Alba.</p> <p>MA Ionnsachadh agus Teagasg (Na h-Ealain Gàidhlig) ga thabhann an co-bhonn ris a' Chonservatoire Rìoghail.</p> | <p>Ghàidhlig, a' togail air na h-ìomairtean gu ruige seo agus air com-pàirteachadh le caochladh bhuidhnean agus le Alba Chruthachail.</p> <p>Thèid bùithtean-obrach ann an dràma is na h-ealain eile a thabhann cho math ri cùrsaichean goirid a bhios gan dealbhadh is gan liubhairt ann an sgoiltean is coimhearsnachdan.</p> <p>Bithear a' dealbhadh agus a' tabhann cùrsa fo-cheuma dràma an co-bhonn ris a' Chonservatoire Rìoghail.</p> | <p>nàiseanta agus eadar-nàiseanta.</p> <p>Barrachd cothroman do dhaoine òga is coimhearsnachdan a dhol an sàs anns na h-ealain Gàidhlig.</p> <p>Leudachadh cothroman airson teisteanas adhartach dràma fhaighinn tro mheadhan na Gàidhlig.</p> | <p>2017/18</p> <p>Seisean 2019/20</p> |
| <p>4.5.5 Foghlam Àrd-ìre agus For-cheuma</p> | <p>Leudaich foghlam àrd-ìre agus for-cheuma anns a' Ghàidhlig agus tro mheadhan na Gàidhlig.</p> | <p>Tha SMO a' tabhann nan cùrsaichean ceuma a leanas, air am barantachadh le UHI, agus gan liubhairt tro mheadhan na Gàidhlig: BA/BA(Urram) Cànan is Cultar, BA/BA (Urram) Gàidhlig is na Meadhanan, BA/BA (Urram) Gàidhlig is Leasachadh, BA/BA (Urram) Gàidhlig agus Ceòl Traidiseanta.</p> <p>Tha an cùrsa for-cheuma MSc Cultar Dùthchasach agus Eachdraidh na Gàidhealtachd ga liubhairt pàirt-ùine, tro ionnsachadh air astar.</p> <p>Pg Cert ann Cultar is Dualchas na h-</p> | <p>Feumar aonta UHI agus barantas GTCS fhaighinn airson a' chùrsa BA (Urram) Gàidhlig agus Foghlam (Gàidhlig/ prògram Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig).</p> <p>Dealbhaich agus dearbhaich PDA ann an Sgilean Eadar-theangachaidh an co-bhonn le Scottish Qualifications Authority (SQA). Ga thabhann bhon t-Sultain 2017 (faic 4.5.6).</p> <p>Leasaich modalan/prògram Rianachd Gnìomhachais.</p> <p>Ath-sgrùdaich agus ath-dhearbhaich solar fo-cheuma</p> | <p>Freagairt ri dìth thidsearan Gàidhlig agus foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.</p> <p>Teisteanasan adhartach (àrd-ìre) ann an cuspairean dreuchdail ùra.</p> <p>Teisteanasan adhartach ann an cuspairean dreuchdail ùra.</p> <p>Cothrom airson solar a</p> | <p>Ri liubhairt seisean 2017/18</p> <p>Seisean 2017/18</p> <p>Seisean 2018/19</p> <p>Seisean 2017/18 air</p> |

| | | | | | |
|---|---|---|---|--|--|
| | | Alba ga thabhan an com-pàirteachas le Oilthigh Dhùn Èideann. | (àrd-ìre) tro UHI (a leithid Cùrsa nam Meadhanan), agus modalan ùra gan dealbhadh. | leudachadh agus sùil a chumail air leasachaidhean ùra. | adhart |
| 4.5.6 Leasachadh Dreuchdail Leantainneach (LDL) RI SMO - Dealbhaich leasachadh dreuchdail leantainneach a rèir na margaidh. | Leudaich cùrsaichean sònraichte a rèir feuman SMO, coimhearsnachd na Gàidhlig agus chom-pàirtichean is bhuidhnean eile. | STREAP – LDL do thidsearan agus luchd-foghlaim barantaichte ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, ga thabhan le SMO an com-pàirteachas le Oilthigh Obar Dheathain. Sgilean Sgrìobhaidh Gàidhlig – ga thabhan mar chùrsa air-loidhne. Modal for-cheuma ann an Sgilean Deasachaidh ga thabhan tro ionnsachadh air-loidhne. | Cùrsaichean goirid a bharrachd ann an sgilean cànan san àite-obrach agus leasachadh dreuchdail leantainneach gan dealbhadh. PDA ann an Sgilean Eadar-theangachaidh gan leasachadh an co-bhonn le SQA (faic 4.5.5). | A' toirt inbhe agus cleachdadh na Gàidhlig san àite-obrach am meud. A' toirt àireamhan de phroifeiseantaich le Gàidhlig am meud. Leasachadh litearraais agus sgilean obrach. | Seisean 2017/18 air adhart Seisean 2017/18 |
| 4.5.7 Trèanadh thidsearan agus solar ro-sgoile Prìomhachas PNG - Gàidhlig anns na Tràth-bhliadhnaichean agus Cùram-chloinne. Prìomhachas PNG - Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann am bun-sgoiltean is àrd-sgoiltean. RI SMO - SMO na phrìomh ionad an lùib trèanadh agus iomairtean foghlam Gàidhlig aig a h-uile ìre. | Leasaich ro-innleachd foghlam Gàidhlig, anns a bheil trèanadh thar-roinn airson tràth-bhliadhnaichean, ITE agus LDL. | SMO a' tabhan MA/MA (Urram) Gàidhlig is Foghlam an co-bhonn le Oilthigh Obar Dheathain. Cùrsa STREAP ga thabhan mar sholar LDL do thidsearan an sàs ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Ionad cùraim-chloinne Fàs Mòr stèidhichte aig SMO. SMO ga riochdachadh air a' Bhòrd Stiùiridh. | Leasachadh agus liubhairt BA (Urram) Gàidhlig is Foghlam. Cùrsa STREAP ri ùrachadh is ri ath-dhearbhadh. Leasachadh solar tro mheadhan na Gàidhlig sna Tràth-bhliadhnaichean (ionnsachadh) agus Cùram-chloinne stèidhichte air feum agus sgrùdadh margaidh. | Freagairt ri dìth nàiseanta thidsearan Gàidhlig is thidsearan tro mheadhan na Gàidhlig. Cùrsaichean LDL sònraichte do thidsearan gan tabhan fhathast. A' cur ri trèanadh luchd-obrach tràth-bhliadhnaichean le Gàidhlig is teisteanasan iomchaidh. | Seisean 2017/18 air adhart Seisean 2017/18 Seisean 2018/19 |
| 4.5.8 Trèanadh sna meadhanan | Leudaich cothroman trèanadh sna | SMO a' tabhan Dioplòma sna Meadhanan Gàidhlig an com-pàirteachas le buidhnean craolaidh | SMO a' cumail taic ri agus ag ùrachadh ghòireasan airson Dioplòma sna Meadhanan | Freagairt ri iarrtasan anns na meadhanan Gàidhlig airson barrachd sgilean a tha a' sìor- | Seisean 2017/18 air adhart |

| | | | | | |
|---|---|---|--|--|---|
| <p>Priomhachas PNG - Gàidhlig sna meadhanan traidiseanta is ùra.</p> <p>RI SMO - Cuir ro-innleachd nam meadhanan an sàs aig a' Cholaiste.</p> | <p>meadhanan Gàidhlig agus leasaich sgilean airson nam meadhanan.</p> | <p>agus luchd nam meadhanan.</p> <p>Tha NPA ann an Riochdachadh Telebhisein ga thabhann do sgoilearan ann an àrd-sgoiltean ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd.</p> <p>Ro-innleachd trèanadh sna meadhanan ga dealbhadh is ga cur an sàs.</p> <p>Skye Space ga stiùireadh leis a' Cholaiste - goireasan stiùidio craolaidh is clàraidh ùr-nodha.</p> | <p>Gàidhlig a liubhairt.</p> <p>Leudaich cùrsaichean goirid airson nam meadhanan an com-pàirteachas le buidhnean eile.</p> <p>Ìbhriag barrachd chothroman trèanaidh do luchd-ionnsachaidh is proifeiseantaich sna meadhanan.</p> | <p>dhol am meud.</p> <p>Freagairt ri priomhachasan an lùib Leasachadh an Luchd-obrach Òig aig Riaghaltas na h-Alba.</p> <p>Leudachadh sgilean obrach anns na meadhanan.</p> | <p>Seisean 2017/18 air adhart</p> <p>Seisean 2016/17 air adhart</p> |
| <p>4.5.9 Gàidhlig an lùib sgrùdaidhean is rannsachaidh</p> <p>RI SMO - Co-obrach le oilthighean, buidhnean agus a' choimhearsnachd.</p> | <p>Co-obrach le buidhnean is oilthighean airson rannsachadh na Gàidhlig agus sgilean luchd-obrach a leasachadh.</p> | <p>Tha Soillse, Lìonra Nàiseanta Rannsachaidh airson a' Ghàidhlig a Ghhlèidheadh agus Ath-bheothachadh stèidhichte aig SMO.</p> <p>Tha luchd-obrach SMO a' cosnadh cliù rannsachaidh nàiseanta is eadar-nàiseanta tro an cuid fhoillseachaidhean agus obair sgoileireil eile.</p> <p>Tha pròiseactan is co-labhairtean mòra a' cur ri inbhe na Colaiste mar shàr-ionad-rannsachaidh.</p> <p>Chaidh tòraidhean air leth a chosnadh an lùib Research Excellence Framework (REF 2014).</p> | <p>Cuir Ro-innleachd Rannsachaidh ùr (2017-22) aig SMO an sàs, anns a bheil barrachd chothroman airson sgilean rannsachaidh an luchd-obrach a leasachadh.</p> <p>Brosnaich pròiseactan rannsachaidh a tha stèidhichte aig a' Cholaiste.</p> <p>Cùm taic ri rannsachadh for-cheuma co-cheangailte ris a' Ghàidhlig.</p> <p>Leudaich goireasan leabharlainn sònraichte ann an cuspairean co-cheangailte ris a' Ghàidhlig.</p> <p>Dèan ullachadh airson REF 2021.</p> | <p>A' cur ri bun-structar rannsachaidh na Colaiste.</p> <p>Rannsachadh a' cur ri eòlas poblach is foghlaim air a' Ghàidhlig is a cultar.</p> <p>Cruthachadh ginealach ùr de luchd-rannsachaidh.</p> <p>Leasachadh àrainn ionnsachaidh is rannsachaidh.</p> <p>Gleidheadh is leudachadh sàr-chliù rannsachaidh SMO.</p> | <p>2017/18 air adhart</p> <p>2017/18 air adhart</p> <p>2017 air adhart</p> <p>2017 air adhart</p> <p>2017-20 air adhart</p> |

5 A' cur a' phlana an gnìomh

5.1 Clàr-ama

Bidh am plana seo a' ruith gu foirmeil fad 5 bliadhna bho 2017. Ann an Caibideil 2 agus 3, tha cinn-latha nan targaidean air an cur sìos airson nan dleastanasan sònraichte.

5.2 Foillseachadh a' phlana

- Foillsichidh Sabhal Mòr Ostaig am plana gu dà-chànanach an dà chuid air an làrach-lìn aige agus ann an clò
- Bidh lethbhreacan rim faotainn air àrainn na Colaiste
- Thèid lethbhreacan didseatach a sgaoileadh gu buidhnean poblach air a' Ghàidhealtachd
- Thèid lethbhreacan didseatach a sgaoileadh gu ionadan foghlaim ann an Alba
- Thèid lethbhreacan didseatach a sgaoileadh gu buidhnean Gàidhlig
- Thèid lethbhreacan a sgaoileadh gu buidhnean aig am bi ùidh ann
- Bidh am plana ri fhaotainn air làrach-lìn na Colaiste
- Cuirear brath-naidheachd a-mach nuair a thèid am plana fhoillseachadh

5.3 Ullachadh rianachd airson am plana a chur an gnìomh

Tha plana cànan Sabhal Mòr Ostaig air aontachadh aig ìre Bòrd Stiùiridh agus Buidheann Stiùiridh na Colaiste. Tha uallach air Prionnsapal na Colaiste a dhèanamh cinnteach gum bi e comasach na puingeagan gnìomh agus na h-amasan, mar a nochdar ann an Caibideil 2, 3 agus 4 a choileanadh.

Bidh am plana ri fhaicinn air làrach-lìn na Colaiste. Minichear do thagraichean agus dhan luchd-obrach dè a' bhuidheann a bhios aig a' phlana orrasan.

Thèid aontachadh ri plana gnìomh airson gach roinne, a' togail air na h-amasan ann an Caibideilean 2 agus 3 agus thèid am plana ath-sgrùdadh aig coinneamhan Bòrd Stiùiridh na Colaiste.

5.4 Maoineachadh


Thèid gu leòr den obair seo a ghoireasachadh tro bhuidheannan na Colaiste seach gu bheileas an sàs ann an tòrr den obair a-cheana. Thathas cuideachd an dòchas gum bi taic airgid ri fhaotainn tro GhLAIF airson gnìomhan sònraichte a choileanadh.

5.5 Ath-bhreithneachadh

Tha plana Gàidhlig Shabhal Mòr Ostaig a' còmhachadh nam bliadhnaichean 2012–2017. Thathas air Oifigear Leasachaidh Cànan fhadastadh a bheir stiùireadh do dh'oileanaich agus luchd-obrach gus am plana a chur an gnìomh còmhla ri poileasaidh cànan na Colaiste. Cuiridh am Prionnsapal agus Ceannardan Roinne na Colaiste a h-uile taic ris an Oifigear Leasachaidh Cànan gus na h-amasan a ruigsinn, air caochladh dhòigh:

- Bidh an t-Oifigear Leasachaidh Cànan a' coinneachadh ri Ceannardan Roinne semeastar
- Bidh an t-Oifigear Leasachaidh Cànan a' coinneachadh ris a' Phrionnsapal gach semeastar
- Bidh an t-Oifigear Leasachaidh Cànan a' cumail chòmhradh ris na h-oileanaich gach semeastar
- Nì an t-Oifigear Leasachaidh Cànan aithisgean dhan Bhòrd Stiùiridh/Bhuidhinn Stiùiridh
- Sgrùdaidhean leis an Oifigear Leasachaidh Cànan
- Ceisteachain bhon Oifigear Leasachaidh Cànan
- Nì an t-Oifigear Leasachaidh Cànan aithisg bhliadhnail do BhnG

Eàrr-sgrìobhadh 1: Structar Shabhal Mòr Ostaig



Eàrr-sgrìobhadh 2:

Sgrìobhainn poileasaidh cànan Shabhal Mòr Ostaig

| | | |
|---|--------------------------------------|-----------------------|
|  <p>SABHAL MÒR OSTAIG Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig</p> | | |
| AINM A' PHOILEASaidH | | |
| POILEASaidH | | |
| UGHDAR AGUS ROINN | CÒ LEIS A THA AM POILEASaidH? | |
| Seona NicIlinnein Rianachd | Boyd Robasdan, Prionnsapal | |
| COMATAIDH A THUG AONTA | CEANN-LÀ AONTA | |
| Bòrd Stiùiridh na Colaiste | 11 Am Màrt 2016 | |
| CEANN-LÀ SGRÙDAIDH | ÀIREAMH PHOILEASaidH | ÀIREAMH DREACH |
| Am Màrt 2018 | | 1.2 |

| | | |
|--|--|--|
| | | |
| | NO | |
| Cead a shealltainn air an làraich-lìn? | Cead airson luchd-obrach a-mhàin | |
| <input checked="" type="checkbox"/> | <input type="checkbox"/> | |
| Buaidh air poileasaidhean eile? | Ma tha, cuir liosta gu h-ìseal | |
| <input checked="" type="checkbox"/> | <p>A h-uile poileasaidh aig a' Cholaiste</p> <p>Plana Gàidhlig na Colaiste</p> | |
| Cò bu chòir a bhith mothachail den poileasaidh seo? | Pàirt de inntigeadh luchd-obrach? | |
| Luchd-obrach, oileanaich agus luchd-chleachdaidh | <input checked="" type="checkbox"/> | |

POILEASaidh CÀNAIN

Ro-ràdh

'S e àite-obrach agus àite ionnsachaidh làn Gàidhlig a th' ann an Sabhal Mòr Ostaig agus tha gleidheadh agus brosnachadh na Gàidhlig aig cridhe gach gnothaich ceangailte ris a' Cholaiste.

Tha cleachdadh na Gàidhlig agus gleidheadh àrainneachd Ghàidhlig an urra ri gach neach aig SMO, agus bu chòir do dh'oileanaich agus luchd-obrach Gàidhlig a bhruidhinn a rèir an cuid chomasan cho tric is a ghabhas.

Bidh luchd-obrach na Colaiste a' cleachdadh na Gàidhlig air an àrainn agus nuair a bhios iad a' riochdachadh na Colaiste ann an àiteachan eile.

Bidh am poileasaidh seo a' bualadh air luchd-obrach air làrach na colaiste agus air astar, oileanaich agus buidhnean a bhios a' cleachdadh togalaichean na Colaiste air mhàl.

Prionnsapalan

Gleidheadh àrainneachd Ghàidhlig

Bidh còir aig gach neach aig a' Cholaiste a bhith ann an àrainneachd Ghàidhlig, agus tha dleastanasan aig gach neach Gàidhlig a chleachdadh agus a bhrosnachadh. Tha soirbheachadh agus cliù na Colaiste mar àite Gàidhlig an urra rinn uile.

Farsaingeachd

Mar bhun-stèidh a' phoileasaidh, cha chleachd muinntir na Colaiste ach a' Ghàidhlig ri oileanach a tha air ìre a' Chùrsa Chomais no a' Chùrsa Adhartais a ruigsinn agus ri luchd-obrach.

Feallsanachd

A thaobh feallsanachd is poileasaidh cànain na Colaiste, bidh dùil ri stiùireadh làidir bho Bhòrd Stiùiridh, Phrionnsapal, Stiùirichean agus Cheannardan Roinne na Colaiste.

Cuiridh a' Cholaiste cuideam air sgaoileadh feallsanachd poileasaidh cànain na Colaiste.

Thèid a' Cholaiste a' riochdachadh mar àite làn-Ghàidhlig do dhuine no do bhuidhinn sam bith a thig a chleachdadh goireasan na Colaiste.

Bidh a' Cholaiste a' cumail ris na riaghailtean ann an Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig.

Buidhnean aig a' Cholaiste

Bidh buidhnean a tha a' cleachdadh togalaichean na Colaiste a' gabhail ri poileasaidh cànan na Colaiste agus bidh gach buidheann a' cruthachadh poileasaidh cànan dhi fhèin (le taic bhon Oifigear Leasachaidh Chànain). Bidh na poileasaidhean aig na buidhnean a tha a' gluasad a dh'ionnsaigh prionnsapalan poileasaidh cànan na Colaiste. Mar phàirt de phoileasaidh gach buidhne, bidh dùil gum bi dleastanas fa leth aig luchd-obrach gum bruidhinn iad a' Ghàidhlig, ma bhios i idir aca, air neo gun ionnsaich iad i, mura bi.

Teagasg

Bidh an teagasg air cùrsaichean làn-thìde tro mheadhan na Gàidhlig a-mhàin agus bidh sin agus na goireasan teagaisg Gàidhlig nan deagh eisimpleir do na h-oileanach.

Fastadh & Trèanadh

Bithear a' fastadh luchd-obrach a bhios comasach air obair tro mheadhan na Gàidhlig. Ma thèid neach ffastadh a tha fhathast ag ionnsachadh, bithear an dùil gu bheil seasamh fàbharach aca dhan Ghàidhlig agus a h-ath-bheothachadh agus gun dèan iad gach oidhirp fàs fileanta anns a' Ghàidhlig.

Thèid adhartas sa Ghàidhlig a mheas gu cunbhalach san luachadh bhliadhnail.

Nì a' Cholaiste a h-uile oidhirp gus trèanadh a thabhann tro mheadhan na Gàidhlig.

Bidh sanasachadh sna pàipearan is eile sa Ghàidhlig a-mhàin, air neo dà-chànanach ma tha feum air.

Soidhnichean

Cha bhi ach soidhnichean Gàidhlig gan cleachdadh air àrainn na Colaiste air neo dà-chànanach ma tha feum orra.

Leasachadh

Thèid buaidh air a' chànain a gabhail a-steach aig toiseach gnothaich nuair a thèid planaichean ùra a chur ri chèile airson na Colaiste agus thèid comhairle a shireadh bhon Oifigear Leasachaidh Cànan agus eòlaichean leasachadh cànan mar a bhios iomchaidh.

Uallach

Tha e an urra ris a h-uile neach aig a' Cholaiste am poileasaidh seo a chur an gnìomh agus daoine eile a bhrosnachadh seo a dhèanamh.

'S e dleastanas an Oifigeir Leasachaidh Cànan a bhith a' toirt taic do mhuintir na Colaiste, agus iad a' cur poileasaidh na Colaiste an gnìomh; a bhith measadh adhartas ann an coileanadh a' phoileasaidh; agus a bhith a' moladh leasachaidhean anns a' phoileasaidh dhan Phrionnsapal, mar as iomchaidh.

Ro-innleachd

Tha am Plana Cànan a' toirt stiùireadh air mar a thathar an dùil am poileasaidh seo a chur an gnìomh.

Ath-sgrùdadh

Thèid am poileasaidh seo ath-sgrùdadh gach dà bhliadhna.

Eàrr-sgrìobhadh 3: Fiosrachadh greimeachaidh

Faodar ceistean, molaidhean is gearanan mu ullachadh, lìbhrigeadh agus sgrùdadh plana Gàidhlig agus poileasaidh cànan Shabhal Mòr Ostaig a chur gu:

Janni Diez
Oifigear Leasachaidh Cànan
Sabhal Mòr Ostaig
Slèite
An t-Eilean Sgitheanach
IV44 8RQ

Fòn: 01471 888440
Post-d: jd.smo@uhi.ac.uk

Faodar ceistean, molaidhean is gearanan mu rud sam bith eile a chur gu:

Nicola NicThòmais
Stiùiriche Corporra
Sabhal Mòr Ostaig
Slèite
An t-Eilean Sgitheanach
IV44 8RQ

Fòn: 01471 888301
Post-d: nnt.smo@uhi.ac.uk